



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puirt-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta



**An Aithisg Bhliadhnaill is  
Cunntasan gu 31 Màrt 2021**

# Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phrìobhaideach a th' ann am Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puir-adhair.

Tha na puir-adhair againn suidhichte ann am: Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriódh agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghrot.

Ag obair le ar com-pàirtichean agus luchd-ùidh, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ròl shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan seirbheis riatanach agus ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche san dùthaich againn.



## Clàr-innse

Ar Luachan	2	Aithris na buidhne air teachd a-steach iomlan	36
Ro-ràdh bhon Chathraiche	3	Aithris na companaidh air teachd a-steach iomlan	36
Aithris a' Mhanaidseir-stiùiridh	4	Aithris na Buidhne air atharrachaidhean ann an cothromas	37
Aithisg Ro-innleachdail	6	Aithris na companaidh air atharrachaidhean ann an cothromas	37
Aithisg nan Stiùirichean	25	Duilleag cothromachaидh na buidhne	38
Aithris air Riaghlaidh	26	Duilleag cothromachaидh na companaidh	39
Aithisg air uallaichean nan stiùirichean	30	Aithris air sruth-airgid na buidhne	40
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	31	Nòtaichean mun aithris ionmhasail	41
Aithris air teachd a-steach na buidhne	35	Fiosrachadh Corporra	73



# Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' toirt cumadh air ar cultar agus tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhleasachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheas san ùine fhada.

## Respect



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan chàch.

## Ownership



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

## Openness



Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fein-ùidh.

## Innovation



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh san àm ri teachd, cha bhi sinn direach a' gabhail ris an status quo.

## Excellence



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheadh gus an ire as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

# Ro-ràdh bhon Chathraiche

Tha mo ro-ràdh dhan Aithisg Bhliadhnailean is Cunntasan aig HIAL airson 2020/21 a' tòiseachadh rud beag nas dòchasaiche na bha an fhàilte a chuir mi oirbh an-uiridh. Aig an àm seo às déidh dhuinn a dhol tro għlasadha sios fada bho 26 Dùblachd 2020, tha am prògram banachdaich a' leantainn air adhart agus mu dheireadh, tha sinn a' faicinn comharraidhean gu bheil Covid a' dol air ais mu dheireadh thall. Mar thoradh air seo, għabbadha na cuingalachaidhean a lasachadh gu ire, a' toirt dhuinn cothrom a bhith a' siubħail nas saoire.

Tha e follaiseach gu bheil an għalar-lèir sgaoilte air buaidh a thoirt air għiomhachas na còmhdaidh adhair air feadh na dūthcha agus gu bheil e air buaidh nach beag a thoirt air għaqda taobh de dh'obair HIAL. Tha sinn air an t-slige gu ath-shlānachadh ach bheir sin üne. Ach tha am pròiseasath-bheothachaidh a' toirt cothrom dhuinn ar seurbheisean ath-shuidheachadh – gus feumalachdan chompanaidhean-adhair agus luchd-siubħail às déidh a' choróna-bħiorais aithneachadh agus gus ar seurbheisean ath-smaoineachadh agus ath-thogail gus na feumalachdan sin a choileanad.

Bha sinn air impis am Plana Ro-innleachdail cōig bliadhna fħoillseachadh nuair a thoisich lèir-sgaoileadh a' choróna-bħiorais. Ach chleachd am Bòrd agus an t-Àrd-sgioba-stiùiridh an cothrom għu ath-sgrūdadh a dhéanamh air na priomhachsen ro-innleachdail againn tro phriasm a' chorónabħiorais gus dèanamh cinnteach gun roħb iad a rēr feumalachdan nan coimhearnachdan againn cho math ri bhith a' cuideachadh le ath-bheothachadh għiomhachas na còmhdaidh adhair.

Mar sin, rinn sinn Ro-innleachd agus Plana Ath-shlānachadh COVID-19 den Phlana Ro-innleachdail againn agus chaidh seo fħoillseachadh air 1 Gearran 2021. Ged a tha am plana ro-innleachdail a' cur an cèill mar tha sinn an dùil freagħi agus ath-bheothachadh sna bliadhnaicean ri teachd, 's e am priomhachsen ro-innleachdail againn fhastar ar n-obair a dhi-charbonachadh le lēirsinn fhad üne a bhith a' dol nar buidheann phuirt-adhair roinnej le cothromachadh carboin.

Leanaidh sinn oirnn leis an amas againn gum bi na 11 puit-adhair uile againn neodrach a thaobh carboin agus sinn a' dèanamh ar dicheall gus am bi seurbheisean adhair seasmħach gu h-àrainneachdail air a' Ghaidhealtachd agus sna h-eileanan san àm ri teachd.

Tha obair com-pàrteachais ro-chudromach dhan lēirsinn againn agus gus targaid Riaghlas na h-Alba a choileanad gus a' chiad sgire seurbheisean-adhair san t-saogħal le cothromachadh carboin a chruthachadh. Tha grunn phrōiseactan àrainneachdail brosnachail againn a tha a' dol air adhart an-drästa, a' gabħail a-steach Àrainneachd Deuchainn Seurbheisean Adhair Seasmħach (SATE) a bhios a' libħrigieadha a' chiad ionad deuchainn adhair beag-charboin san RA, a bhios stēidhikte ann am Port-adhair Kirkwall.

Shuidhich am Bòrd na h-amasan ro-innleachdail taobh a-staigh Plana Obrachaidh Corpora HIAL airson 2021-2022. Tha am plana obrachaidh a' mineachadh nan għiomha a ni sinn gus na priomhachsen anns an Ro-innleachd agus Plana Ath-shlānachadh Covid-19 againn a choileanad. Bidh e komasach dhan Bòrd sūl għeur a chumail air adhartas leis na għiomha sa phlana bhliadhna tro aithisgean coileanaidh rāitheil.

Bidh aithisg air adhartas leis a' Phlana Obrachaidh Chorporra mar phäirt den Aithisg Bhliadhnailean agus Cunntasan bho seo a-mach.

Tha an ceathrar Bhall Büird neo-Għniomhach air a bhith againn fad bliadhna shlàn a-nis agus tha iad air għabha li teicneolaas ûr leis na coinneamhan uile againn a bhith air an cumail gu bħiortail bhon Mhàrt 2020. A' coimhead air ais air a' bhliadhna, seo aon dè na rudan brosnachail a thachair – gun roħb barrachd eadar-obrachadh tro choinneamhan didseatach. Thug seo cothrom dhomh agus dhan Mhanaidsear-stiùiridh againn, Inglis Lyon, a bhith a' coinneachadh nas trice le ar co-obraichean, luchd-üidh, kom-pàrticħeana ann an úghdarrasan ionadail, agus leis na loidhnichean-adhair againn.

Dh'fhàg Stiùiriche an Ionmhaġi againn, Gillian Bruton sinn airson obair ûr le AGS Airports. Bu mhath leam an cothrom seo a għabha għu taing a thoirt dhi mar Stiùiriche Għniomha air Bòrd HIAL agus airson a h-uile rud a rinn i airson buidheann HIAL thairis air na seachd bliadhna a bha i còmhla rinn. Nuair a dh'halib i, thàinig Johanna Wallace, an Stiùiriche Ionmhaġi is Malaireach ûr againn, agus tha mi air leth toilichte gun tug i beairteas de eħol agus sgilean don Bòrd againn.

Bu toil leam crioch a chur air an ro-ràdh agam le bhith a' clàradh cho taingeil 's a tha mi do Bħord HIAL a tha air a bhith ag obair còmhla gu h-èifeachdach air astar, gus a' bhuidheann a stiùireadħ tro na h-amannan dübħlanach seo. Bu toil leam taing a thoirt dhan Ārd-sgioba Stiùiridh agus dhan a h-uile co-obraiche againn tron chompanaidh air fad. Bho thràs sa Mhàrt 2020 nuair a thoisich an għalar lèir-sgaoilte, b' e am priomhachsen againn an luchd-obrach agus luchd-siubħail againn a dhion agus sinn cuideachd a' cumail seurbheisean deatamach a' dol aig àm ēgħiñ. Rinn an luchd-obrach againn an aon rud bho thoiseach a' għalair-sgaoilte agus tha iad fhastar a' dèanamh seo.

Agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh suidheachadh nas ābhaistike gu ire, bidh dübħlain fħastar ann – chan ann a-mħàin do HIAL, ach airson għiomhachas na còmhdaidh adhair san fħarsa ġeaj, agus sinn ag obair còmhla għu misneħħad a thoirt air adhart a thaobh còmhdaidh adhair.


Sa bhliadhna mu dħiereadha, tha sinn air togħiġi air na dàimhean làidir a th' againn leis na com-pàrticħeana againn, agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh seo leis an amas dübailte againn a bhith a' cumail taic ri ath-bheothachadh agus aig an aon àm a bhith a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta do na coimhearnachdan a tha sinn a' frithealadha.



*Lorna & Jack*

Lorna Jack  
Cathraiche, Bòrd HIAL

# Aithris a' Mhanaidseir-stiùridh



A' coimhead air ais, bha 2020 na bhliadhna gun samhail do HIAL, a sgiobaidhean agus a loidhnichean-adhair com-pàirteachaidh agus Covid-19 a' gabhail greim air a h-uile rud. Aig an àm nuair a sgriobh mi seo, bha an suidheachadh èiginn slàinte cruinneil fhathast a' toirt buaidh air an obrachadh againn agus air na seirbheisean a tha sinn a' toirt seachad.

Ron ghalar-sgaoilte, bha na puit-adhair againn air leth proifeiseanta, ach pearsanta, dhan a h-uile neach-ceannach – luchd-còmhnaidh ionadail, gniomhachasan ionadail, luchd-tadhail agus feadhainn eile. Tha e na adhbhar moit dhomh gun do lean seirbheis den ire as fheàrr tron ghalar-sgaoilte leis na sgiobaidhean againn air feadh na Companaidh air fad.

Cha bhiodh e comasach dhuinn a' cheangailteachd ro-chudromach seo a chumail tron ghalar lèir-sgaoilte mur a b' e obair chruaidh ar luchd-obrach. Bu toil team an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt dhaibh uile airson an dicheall agus airson na taic leantainneach a tha iad a' toirt seachad.

# Aithris a' Mhanaidseir-stiùridh

Tha an galar lèir-sgaoilte air sealltainn cho fior-chudromach 's a tha puirt-adhair HIAL, agus na sgiobaidean a tha gan ruith is a' cumail taic riutha, ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na coimhairsnachdan againn ceangailte.

Aagus cuingealachaidhean gan lasachadh air feadh na dùthcha, tha am fòcas againn fhathast air ath-shlànnachadh agus air a bhith a' togail cheanglaichean adhair seasmhach. Tha misneachd ann an còmhdail adhair a' tilleadh mean air mhean le seirbheisean sgeidealaichte a' tighinn air ais agus àireamhan luchd-siubhail a' fàs tro na puirt-adhair uile againn.

Ach ma tha an galar lèir-sgaoilte air rud sam bith a theagast dhuinn, 's e sin nach bi an t-slige gu ath-bheothachadh furasta agus nach ruigear e ach a-mhàin le obair com-pàirteachaidh air feadh a' ghniomhachais.

'S e am priomhachas againn slàinte agus sunnd an luchd-obrach, luchd-siubhail agus nan custamairean againn. Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth le Còmhdail Alba agus le ar com-pàirtichean sna companaidh adhair, agus bidh na ceumannan a thug sinn a-steach gu luath aig toiseach a' ghalair lèir-sgaoilte fhathast a' dion a h-uile duine aig na puirt-adhair againn fhad 's a bhios sinn ag obair taobh a-staigh stiùreadh agus riaghailtean a tha a' sior-atharrachadh gus ceanglaichean adhair ag ath-thogail.

Chuir cuingealachaidhean air siubhal agus grunn ghlasaidheansios ionadail agus nàiseanta gu lùghdachadh de 77% tro na puirt-adhair air fad againn airson 2020/21. A ràir nam figearan mu dheireadh airson 2020/21, bha beagan nas lugha na 393,000 luchd-siubhail againn an taca ri 1.68 millean ann an 2019/20.

Bha an lùghdachadh ann an àireamhan an luchd-siubhail follaiseach anns gach fear de na 11 puirt-adhair againn. Bha a' bhuaidh a bu lugha air Port-adhair Sumburgh ann an Sealtainn, a tha a' frithealadh roinn na h-ola agus a' ghas, ach bha lùghdachadh de 47% ann an àireamhan an luchd-siubhail. Bha àireamhan ann an Sumburgh sios bho cha mhòr 308,000 gu beagan nas lugha na 163,000 ann am bliadhna. Thuit àireamhan an luchd-siubhail ann am Port-adhair Inbhir Nis, am port-adhair as motha sa bhuidhinn bho cha mhòr 917,000 ann an 2019/20 gus nas lugha na 110,000 ann an 2020/21.

Tron bhliadhna, fhuair HIAL subsadaidh poblach de £56,846,000 a' gabhail a-steach maoineachadh teachd-a-steach de £36,600,000 agus maoineachadh calpa de £20,246,000 agus le maoineachadh iasaid de £3,555,000 a bharrachd airson nan gnothachean coimeirsealta againn.

Anns a' bhliadhna mu dheireadh, bha priomhachas aig gluasadan lasachaidd Covid tro na puirt-adhair agus oifisean againn, ach a dh'aindeoin seo, chùm sinn oirnn a' tasgadh ann am bun-structar air feadh na companaidh, a' libhrigeadh £23.8 millean ann am pròiseactan calpa.

Chaidh £2.6 millean a thasgadh ann am pròiseact drèanaidh ann am Port-adhair Inbhir Nis gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-uisge a tha a' ruith far an raoin laighe aig ire àrainneachdail nas feàrr. Còmhla ris an stuth gus cur às do dheigh air na raointean laighe, tha sinn, agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh tasgadh nach beag ann a bhith a' cur ris a' chliù àrainneachdail againn.

Tha sinn air adhartas a dhèanamh leis a' ghealltanais againn cuideachadh le bhith a' dèanamh sgire seirbheisean-adhair le cothromachadh-carboin den Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a bharrachd air a' phrògram againn gus obair agus bun-structar nam puirt-adhair againn a dhi-charbonachadh. Tha HIAL a' stiùireadh pròiseact £3.7 millean a bhios a' cruthachadh prògram còmhail adhair seasmhach a dh'fhaodadh cruth-atharrachadh a thoirt air tursan adhair goirid eadar coimhairsnachdan iomallach.

Cleachdaidh am prògram cruth-atharrachail seo Port-adhair Kirkwall mar Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE) far an tèid deuchainn a dhèanamh air grunn teicneòlasan adhair tionnsgalach a' gabhail a-steach soitheach-adhair a tha a' cleachdadh connadh dealanach, haidridein no sinteataig airson a dhol an àite connadh fosail àbhaisteach. Ni e cuideachd deuchainn air carbadan adhair gun sgioba (*Unmanned aerial vehicles – UAVan*) – ris an canar drônaichean mar as trice – agus seallaidh iad mar as urrainn an cleachdadh gus feumalachdan làitheil a choileanadh, leithid libhrigeadh stuthan meidigeach air-iarrtas gu direach gu ospadalan agus ionadan slàinte. Bha clach mhile againn am-bliadhna leis a' chìad deuchainn de phléana dealanach hybrid san Lùnastal.

Thòisich sinn am pròiseact againn gus teas agus cumhachd ann am Port-adhair Kirkwall a dhi-charbonachadh. Air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ag obair ann an com-pàirteachas le EMEC, thèid deuchainn a dhèanamh air an t-siostam ùr seo, a chaidh a chur a-steach ann an 2021, gus taic a chumail ri feumalachdan teas is cumhachd a' phuirt-adhair a' cleachdadh haidridean uaine ionadail.

Thug mi taing do cho-obraichean aig toiseach na h-aithris agam, agus chan urrainn dhomh cuideam gu leòr a chur air a' phàirt a bh' aig a h-uile ball den chompanaidh gus an obair a chumail a' dol ann am bliadhna a bha air leth duilich. Bha freagairt tùsail is leantainneach HIAL mar thoradh air planadh ro-innleachdail làidir agus mar thoradh air an t-sùbalteachd shònraichte aige HIAL air fad. Bha am planadh agus an dealas seo chan ann a-mhàin a' dèanamh cinnteach gun robh sinn deiseil airson a dhol air ais gu suidheachadh nas àbhaistiche a-rithist nuair a chaidh cuingealachaidhean a lùghdachadh, tha e cuideachd na bhunait airson ar soirbheachas san àm ri teachd.

Chan eil teagamh sam bith ann nach eil amannan dùbhlannach air thoiseach oirnn. 'S e ar priomhachas fhathast seasmhachd fhad-ùine airson ceangalteachd adhair airson na Gàidhealtachd is nan Eilean. Le bhith a' dion sheirbheisean adhair do choimhairsnachdan, cumaidh sinn oirnn ag obair gus dèanamh cinnteach gum bi na coimhairsnachdan seo, cuid aca gu math iomallach, seasmhach.

Cumaidh sinn oirnn ag obair le Riaghaltas na h-Alba, buidhnean com-pàirteachaidh agus na companaidhean adhair com-pàirteachaidh againn gus priomh shlighean a chumail agus gus seirbheisean ùra a thoirt a-staigh far an urrainn dhuinn.



Inglis Lyon  
Manaidseir-stiùridh, HIAL

# Aithisg Ro-innleachdail

**Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-Aithisg Ro-innleachdail aca agus aithrisean ionmhais na Buidhne airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021.**

## Priomh Obair

B' e priomh ghniomhachd na Buidhne tron bhliadhna a bhith a' solarachadh agus a' ruith puit-adhair sàbhailte, tèarainte agus èifeachdach a bhios a' cumail taic do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. Bha seo a' gabhail a-steach ceumannan agus modhan lasachaidh Covid-19 a thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gun robh luchd-obrach, luchd-ceannach agus luchd-siubhail sàbhailte is sunndach, a bharrachd air bacadh a chur air sgaoileadh a' bhiorais.

## Toraidhean agus duaisean-earrainn

Mar chompanaidh a tha air a mhaoineachadh leis a' phoball, tha HIAL gu math mothachail gum feum e a stòrasan a stiùireadh ann an dòigh chiallach is èifeachdach. Leis a' chuideam air buidseatan na roinne poblach, tha seo na dhùblan mòr, gu sònraichte ann am mòran de na puit-adhair as lugha, as iomallaiche againn, far a bheil àireamhan luchd-siubhail iosal agus cosgaisean stèidhichte fhathast an ire mhath àrd.

Às dèidh chisean, bha call na companaidh pàrrantaich aig £2,589,000 (2020: call £2,716,000). Mhol na stiùirichean nach rachadh duais-earrainn sam bith a phàigheadh.

## Ath-sgrùdadh air a' ghniomhachas

Anns a' bhliadhna a thàinig gu crich air 31 Màrt 2021, fhuras subsadaidhean poblach de £56,846,000 (2020: £37,445,000) air a dhèanamh suas de shubsadaidh teachd a-steach de £36,600,000 (2000: £24,545,000) agus subsadaidh calpa de £20,246,000 (2020: £11,549,000). Bha iasad maoineachadh calpa ann de £3,555,000 (2020: £1,185,000).

Fhuair sinn £1,200,000 fo Sgeama Gleidhidh Obraichean a' Chorònabhairais.

Chaidh àireamhan luchd-siubhail thairis air a' Bhuidhinn sios le 76.7% agus chaidh gluasadan plèana sios 49.6%. Às aonais Port-adhair Dhùn Dè, tha an t-seachranachd sin air a dhol sios 76.7% agus 42.3% an urra.

## Leasachaidhean san àm ri teachd

Tha na stiùirichean ag amas air dèanamh cinnteach gun cùm a' Bhuidheann orra a' ruith agus a' stiùireadh nan 11 port-adhair aca a réir poileasaidh Ministreil na h-Alba agus a bhith a' cumail taic ri leas sòisealta is eaonamach nan sgìrean buntainneach. Chan eilear an dùil gum bi atharrachaidhean mòra ann an nàdar làithreach na buidhne sa gheàrr-ùine.

## Priomh Chunnartan agus mi-chinntean

Tha a' Bhuidheann air Buidheann Sgrùdaidh Cunnart a stèidheachadh a tha cunntachail do Bhòrd HIAL tron

Chomataidh Sgrùdaidh. Tha uallach air a' mhanaidsear-stiùridh, àrd-mhanaidsearan agus sleath-mhanaidsearan ionchaidh a bhith a' riaghladh riosgan taobh a-staigh na buidhne agus gus dèanamh cinnteach gun téid modhan, goireasan agus sgilean ionchaidh a chur an sàs agus a chumail suas gus seo a dhèanamh. Tha na priomh riosgan agus mi-chinntean a tha mu choinneamh na Buidhne air an cur còmhla ann am buidhnean farsaing mar ghnothachas, reachdail agus obrachaidh.

### Cunnartan gnothachais

Tha teachd a-steach na buidhne a' tighinn bho àireamh bheag de chompanaidhean adhair a tha nan custamairean. Dh'fhaodadh cuideam sam bith bhon taobh a-muigh air na custamairean sin toirt orra ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' chlàr-ama obrach aca agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air teachd-a-steach agus cosgaisean na Buidhne. Bidh a' bhuidheann a' dèiligeadh ri cunnartan gum bi gainnead airgid ann le bhith a' cumail chùl-stòrasan agus goireasan bancaireachd ionchaidh agus a bhith a' cumail sùil fad an t-siubhail air ro-aithrisean air sruthan-airgid agus air na sruthan-airgid an da-rìribh.

### Cunnartan reachdail

Tha gnioman puirt-adhair air feadh na Buidhne air an riaghalaigh le Roinn-ghniomha na Slàinte is Sàbhailteachd, Ùghdarris Itealanachd Shiobhalta na RA (CAA), Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba agus tha inbhean tèarainteachd air an suidheachadh le Roinn na Còmhdailean agus air an sgrùdadh leis an CAA. Bidh na buidhnean ag úrachadh nan inbhean agus riatanasan aca gu cunbalach agus chan eil e coltach gun lùghdaich uallach nan riaghailtean.

### Cunnartan Obrachaidh

Bidh a' bhuidheann a' dèiligeadh ri riosg obrachaidh tro a siostaman rianachd sàbhailteachd agus rianachd riosg. Tha ro-innleachd agus stiùireadh na Buidhne san fharsaingeachd air a dhèanamh le bàrd nan stiùirichean agus air fhiosrachadh le poileasaidh Riaghaltas na h-Alba. Thòisich co-obraichean ann an rianachd trafaig adhair stailcean anns an Fhaoilleanach 2021. Tha seo a' leantainn agus tha seo air buaidh a thoirt air cuid de na clàran againn agus air tursan chustamairean. Tha còmhraighean a' leantainn leis an aonadh gus fuasgladh a lorg ris an aontaich an dá thaobh gus stad a chur air na stailcean.

### Riosgan Covid

Tha Dùbhlan aig a' bhuidhinn a bhith a' cothromachadh an ath-bheothachaидh às dèidh Covid leis na gealltanasan àrainneachdail leantainneach againn. Tha a' bhuidheann a' Covid-19 fhathast air a meas mar riosg agus air an sgrùdadh le Stiùirichean mar a chaidh a mhineachadh anns an Aithris Riaghlaidh air taobh-duilleig 26.

# Aithisg Ro-innleachdail


## Stadastaireachd trafaig bliadhnailean

Airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2021


	Luchd-siubhail			Gluasadan		
	2020/21	2019/20	Atharrachadh	2020/21	2019/20	Atharrachadh
	Àir.	Àir.	%	Àir.	Àir.	%
Barraigh	4,471	13,920	(67.9%)	816	1,364	(40.2%)
Beinn na Faoghla	15,155	35,161	(56.9%)	2,312	3,310	(30.2%)
Ceann Loch Chille Chiarain	2,232	7,873	(71.6%)	916	1,940	(52.8%)
Dùn Dè	4,751	21,424	(77.8%)	14,067	40,938	(65.6%)
Inbhir Nis	110,406	916,669	88.0%	15,740	31,870	50.6%
Ìle	5,239	34,685	(84.9%)	1,586	3,177	50.1%
Kirkwall	53,526	184,011	(70.9%)	8,736	14,212	(38.5%)
Steòrnabhagh	26,181	132,156	(80.2%)	4,877	9,274	(47.4%)
Sumburgh	162,553	307,906	(47.2%)	12,755	18,580	(31.4%)
Tiriodh	4,333	12,217	(64.5%)	1,074	1,730	(37.9%)
Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt	3,835	16,223	(76.4%)	2,806	3,993	(29.7%)
Iomlan	392,682	1,682,245	(76.7%)	65,685	130,388	(49.6%)


## Stadastaireachd 10 bliadhna

Luchd-siubhail iomlan
2020/21 392,682
2019/20 1,682,245
2018/19 1,742,366
2017/18 1,780,521
2016/17 1,658,423
2015/16 1,437,625
2014/15 1,431,452
2013/14 1,367,342
2012/13 1,297,676



Gluasadan Phlèanaichean
2020/21 65,685
2019/20 130,388
2018/19 134,094
2017/18 135,620
2016/17 129,110
2015/16 127,359
2014/15 124,738
2013/14 129,106
2012/13 127,645





# Aithisg Ro-innleachdail

## Priomh raoitean priomhachais agus taisbeanairean

Chaidh Ro-innleachd agus Plana Ath-shlànanachadh COVID-19 HIAL fhoillseachadh air 1 Gearran 2021. Tha seo a' mineachadh amasan agus priomhachasan ro-innleachdail na companaidh a tha sinn air comharrachadh gus cuideachadh le bhith a' togail lionra puirt-adhair roinneil a tha neodrach a thaobh carbon, agus aig an aon àm a bhith a' cumail air a' toirt taic do shoirbheas eaconamach agus a' libhrigeadh bhuannachdan sóisealta do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha Plana Obrachaidh a' mineachadh nan gniomhan a ni a' chompanaidh gus na seachd priomhachasan anns an Ro-innleachd agus Plana Ath-shlànanachaidh Covid-19 againn a choileanadh. Chaidh am Plana Obrachaidh Corporra airson Giblean 2021 Màrt 2022 aontachadh leis a' Bhòrd agus tha na raoitean priomhachais airson 2021/22 ann.

Cumaidh an Sgioba-stiùridh agus am Bòrd sùil air èifeachdas a' Phlana gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast buntainneach agus gu bheil e fhathast coltach gun tèid na priomhachasan ro-innleachdail a choileanadh.

Rè 2020/21 bha am Bòrd den bheachd gun robh na leanas nam priomh raoitean priomhachais agus taisbeanairean:

### Sàbhailteachd is tèarainteachd

Tha a' Bhuidheann dealasach mu bhith a' ruith puirt-adhair a tha sàbhailte agus tèarainte, agus a bhith a' riaghlaidh chunnartan co-cheangailte gu h-èifeachdach a rèir Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd HIAL.

Tron bhliadhna, b' e priomhachas HIAL dèanamh cinnteach gun robh a puirt-adhair agus toglachean tèarainte a thaobh Covid agus aig an aon àm, a' cumail suas nan seirbheisean riatanach agus loidhne-teasaiginn a tha ro-chudromach do na coimhairsnachdan iomallach againn. Tràth ann an 2020, rinn HIAL ath-sgrùdadh air na planaichean galair gabhaltach a bha an sàs aig a h-uile port-adhair agus rinn iad leudachadh luath air lasachaidhean Covid-19. Gus seo a dhèanamh, bha làn chom-pàirteachadh ann le Riaghaltasan na h-Alba agus na RA, an NHS agus com-pàirticean sna seirbheisean èiginn, buidhnean gniomhachais agus an CAA gus ar freagairt thràth a cho-òrdanachadh.

Bhon toiseach, ghabh HIAL ri stiùireadh Buidheann Sàbhailteachd Seirbheisean-adhair na h-Eòrpa (EASA) agus chuir e an gniomh grunn cheumannan coileanta gus taic a chumail ris a' gniomhachas a' gabhail a-steach riaghlaidh luchd-siubhail èifeachdach, prògraman glanaidh leasaichte, buileachadh stiùridhean riaghaltais agus a' toirt a-staigh raon farsaing de PPE.

Rè nan glasadhean-sios, dh'obraich HIAL gu dlùth le Còmhdhail Alba agus Loganair gus seirbheis bhunaiteach a thoirt a-steach airson seirbheisean loidhne-teasaiginn do na h-eileanan. Rinn an clàr agus na ceumannan lasachaidh a bha an sàs cinnteach gun robh puirt-adhair HIAL fhathast fosgailte agus fhathast a' toirt seachad seirbheisean riatanach do choimhairsnachdan eileanach iomallach, a' gabhail a-steach gluasad èiginn luchd-siubhail aig an NHS, seirbheisean a' Phuist Rioghail a bharrachd air taic a thoirt dhan gniomhachas ola is gas, tron ghalar sgaoilte.



Raon-laige puirt-adhair Cheann Loch Chille Chiarain

# Aithisg Ro-innleachdail

## Solarache Seirbheis lùl Adhair (Air Navigation Service Provider – ANSP)

Tha HIAL teisteanichte agus air a chomharrachadh mar ANSP le Ùghdarris na h-Itéalanachd Shiobhalta na RA (CAA) – an Riaghlaiche. Tha am fiosrachadh a leanas airson na bliadhna 2020/21 air a thoirt seachad a rèir nan riatanasan aithris a tha air am mineachadh ann an Riaghait Glèidhte an Aonaidh Eòrpach Àir 32017R0373 – Riaghlaadh Trafaig Adhair/Riaghlaadh lùl Adhair (Ref CAP2026A00).

Aig ire chorporra, tha HIAL na phriomh chom-pàirtiche ann an grunn iomairtean cudromach a thaobh a bhith a' leasachadh Seirbheisean lùl Adhair a' gabhail a-steach sgrùdadhan CAA air Spàs-adhair Dùmhlaichd lòsal Co-fhillteachd lòsal (*Low Density Low Complexity Airspace – LDLCA*) gus dèanamh cinnteach gum bi innealan stiùridh do luchd-cleachdaidh spàs-adhair freagarrach airson an àm ri teachd. Tha HIAL a' dèanamh pròiseact rannsachaidh is leasachaidh ann an Dùn Dè, le maoineachadh bho Ro-innleachd Spàs-adhair san Àm ri teachd (*Future Airspace Strategy – FAS*), a' cleachdadh teicneòlas a tha a' tighinn am bàrr mar dhòigh ruigsinneach agus cosg-èifeachdach gus cur ri sàbhailteachd ann an spàs-adhair neo-faireachaidh (*non-surveillance*) tro mhothachadh suidheachaidean nas fheàrr aig riaghlaidearean. Tha HIAL cuideachd a' co-obrachadh leis an CAA, the feachdan armaichte na RA agus National Air Traffic Services (NATS) gus cothroman a chruthachadh gus Seirbheisean Radar air an t-Slige a-steach (APS) a libhrigeadh le teicneòlasan faire co-obrachail.

## Riaghlaadh Trafaig Adhair

Tha HIAL fhathast a' toirt seachad Seirbheis Trafaig Adhair a tha a rèir ire agus iom-fhillteachd na trafaig adhair agus a rèir feumalachdan nan custamairean. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad freagairt 'air gairm' airson sheirbheisean riatanach, a' gabhail a-steach ambaileans-adhair agus seirbheisean teasairginn.

Tha an obair ùrachaidean air an t-solar Riaghlaadh Trafaig Adhair againn a' leantainn air adhart tron Ro-innleachd Stiùireadh Trafaig Adhair againn. Bidh Dùn Dè, Kirkwall, Sumburgh, Inbhir Nis agus Steòrnabhagh a' gluasad a-nall gu co-ionad faire ùr le innealan faire ùra agus teicneòlasan tòr air-astar a rèir a' phrògram fhoillsichte againn. Tha an cuireadh gu taigse airson am fuasgladh tòr aig-astar a' dol air adhart le còmhraidean aig solaraicheadh aig ire adhartach agus leis an dùil gun tèid seo a chriochnachadh nas fhaide air adhart ann an 2021.

'S e NATS a tha a' toirt seachad seirbheis radar air an t-slige a-steach do Phort-adhair Sumburgh aig an àm seo. Ach tha am plana gus na seirbheisean eadar-ghluasad in-thaigh ann an Sumburgh a' dol air adhart gu math leis an amas a dhol beò anns an Dùblachd 2021.

Tha Innealan lùil (*Navigational aids – NAVAID*) riatanach do shoiteach-adhair gus an urrainn dhaibh puirt-adhair HIAL a ruiginn agus a laighe anta. Tha Siostam Laighe le Ionnsramaidean (*Instrument Landing System – ILS*) na NAVAID mionaideach airson tighinn a-steach do phort-adhair a tha a' toirt seachad cursa 3D agus stiùireadh air slighe teachd a-nuas do phileatain. Thòisich ath-nuadhachadh air an ILS ann an Inbhir Nis aig deireadh 20202 le ùrachaidhean gu bhith ann an Kirkwall, Steòrnabhagh agus Dùn Dè gu bhith a' tachairt às déidh làimh.

Tha Tùr Rèdio Neo-chomhaireach (NDB), a tha na NAVAID a bheir seachad stiùireadh cursa a-mhàin, na nì feumail aig puirt-adhair far nach eil ILS ann, no far a bheil NDB air a chleachdadh mar NAVAID tuiteamach. Chaidh prògram ùrachaidean NDB a chriochnachadh ann an Kirkwall ann an 2020. Tha am prògram ùrachaidean airson Barraigh, Dùn Dè agus ìle a' dol air adhart.

Thatarr an dùil an siostam faire (radar) ann an Inbhir Nis àrdachadh gus dèanamh cinnteach gum bi beatha obrach nas fhaide aige. Chaidh cùmhnan a thoirt seachad ann an 2020 gus modail ùr de radar a chur ann am Port Adhair Inbhir Nis. Thèid seo a dhèanamh ceum air cheum thairis air an ath dà bhliadhna.

Tha e na phriomh riatanas aig a' phrògram ATMS dèanamh cinnteach gun cum HIAL orra seachad ire shàbhailte, èifeachdach, agus co-rèireach de ATS aig a h-uile port-adhair aige a tha a' gèilleadh ri riaghlaidean.

Rinneadh sgrùdadhan agus measadh air ire solar ATS an dà chuid aig puirt-adhair Bheinn na Faoghla agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt aig deireadh 2019. Mar thoradh air an àireamh ional de ghuasadan itealain, iom-fhillteachd ional àrainneachd an adhair agus nàdar na h-obrach aig puirt-adhair Bheinn na Faoghla agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt, tha HIAL a' feuchainn ris an ire de sholar ATS atharrachadh bho sheirbheis ATC gu Sheirbheis Fiosrachadh Tursan-adhair an Raoin-adhair (*Aerodrome Flight Information Service – AFIS*) aig an dà phort-adhair.

Thèid am pròiseact gus an t-atharrachadh air an ire solar ATS a libhrigeadh a chur an gniomh ann an dà cheum – ìre 1 le fòcas Pròiseact Eadar-ghluasaid ATS Bheinn na Faoghla a thòisich san Lùnastal 2020 agus a thatarr an dùil a thèid a chriochnachadh ann an 2022. Chaidh a' chiad Phlana Dearbhadh Sàbhailteachd agus an Aithris Feumalachdan airson Molaidh air Atharrachadh Spàs-adhair (ACP) a chur a-steach chun CAA mar-thà air leis an tuigse gun tèid an làn chùis sàbhailteachd agus ACP a chur a-steach ro dheireadh an Lùnastail 2021. Bidh ìre 2 den phròiseact a' cuimseachadh air Pròiseact Eadar-ghluasaid ATS Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt agus thatarr an dùil gum mair e eadar am Faoilleach 2022 agus 2024.

# Aithisg Ro-innleachdail

## Gleidheadh is leasachadh slighean

Às dèidh a' chiad għlasadh-sios airson Covid-19 ann an 2020, sguir na seirbheisean adhair clàraichte againn ach a-mħain an t-seirbheis chnäimhneach aig Loganair air slighean eileanach, agus seirbheisean dleastanas seirbheis poblach (PSO) ann am Barraigh, Ceann Loch Chille Chiarain agus Tiriodh. Rinn an clàr seo cinnteach gum b' urrainn do na puirt-adhair againn cumail orra a' toirt seachad sheirbheisean loidhne-beatha is riatanach do choimhearsnachdan iomallach, a' gabhaill a-steach seirbheisean ēginn gluasad euslaintich aig an NHS, seirbheisean a' Phuist Riogħail agus taic dhan ghniomhachas cumhachd far costa. Chaidh beagan de na seirbheisean adhair ath-thoiseachadh aig deireadh an t-samhraidi agus thairis air àm na Nollaig, ach san fharsaingeachd, bha an sgeideal air a bhith tòrr nas lugha am-bliadhna mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte.

Tron bhliadhna, thug sinn taic do na kompanaidhean-adhair a bh' againn mar-thà gus ullachadh airson tilleadh do na puirt-adhair againn aon uair 's gun robh cuingalachaidhean air an lúghdachadh agus gun robh iarrtas nas mothu bhon phoball airson seirbheisean nas trice.

Tha misneachd ann an còmhdhail adhair a' tilleadh agus tha a h-uile kompanaidh adhair a bh' againn air tilleadh ann an 2021 le cuid de shlighean a bharrachd air an ruith tron t-samhradh. Tha sinn a' cumail oirnn ag obair leis na kompaġtiean againn sna kompanaidh adhair gus cuideachadh le ath-shlànachadh slighean agus gus sgrùdadh a dhèanamh air leasachadh slighean ûra agus cothroman margaidh airson na sgire.



# Aithisg Ro-innleachdail

## Achd nan Aonaidhean Ciùird 2016:

Aithris air Ùine airson Dleastanasan Aonaidhean-ciùird bho 1 Giblean 2020 gu 31 Màrt 2021

Fo Riaghilean nan Aonaidhean-ciùird (Riatanasan a thaobh Ùine airson Dleastanasan nan Aonaidhean-ciùird) 2017, feumaidh fastaichean san roinn phoblaich fiosrachadh fhoillseachadh a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird.

Tha HIAL ag aithneachadh tri aonaidhean ciùird: Prospect, Public and Commercial Services Union (PCS) agus Unite.

Tha aonta a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird ann gus am bi na leanas aig riochdairean aonaidh:

- goireasan gus an urrainn dhaibh conaltradh le buill agus deagh dhàimhean le luchd-obrach a bhrosnachadh
- ùine reusanta dheth rè uairean obrach gus dleastanasan aonaidh a dhèanamh, a ghabhail a-steach a bhith a' riochdachadh luchd-obrach, a' frithealadh coinneamhan co-chomhairleachaidh agus a' déanamh sgrùdaidhean slàinte is sàbhailteachd
- àm reusanta dheth rè uairean obrach gus trèanadh a dhèanamh a tha ceangailte ri bhith a' toirt seachad dhleastanasan mar riochdaire aonaidh

Tha eadar-obrachadh na companaidh leis na h-aonaidhean ciùird gu ire mhòr air a dhèanamh leis na h-Oifgearan Co-rèiteachaidh làn-ùine bho gach fear de na h-aonaidhean ciùird. Bidh oifgearan làn-ùine a' frithealadh Comataidh Co-rèiteachadh agus Co-chomhairleachaidh (*Joint Negotiation and Consultative Committee – JNCC*) na companaidh agus, mar as trice, bidh iad a' riochdachadh luchd-obrach fa-leth ann an coinneamhan mu chûisean luchd-obrach.

Bidh riochdairean aonaidhean ciùird ionadail a' frithealadh an JNCC. A bharrachd air seo, tha ullachaidhean agus coinneamhan sònraichte leis an aonadh ciùird iomchaidh airson pròiseactan agus prògraman obrach cudromach. Tha rèiteachaidhean eadar-aghaidh aig gach port-adhair anns am bi na riochdairean ionadail a' gabhail pàirt.

## Riochdairean Aonaidhean Ciùird 2020/21

Prospect	26
PCS	1
Unite	6

Chan eil oifgearan aonaidhean ciùird làn-thide aig HIAL. Bidh gach fear/tè de na riochdairean a' cur seachad nas lugh a 10% den ùine obrach aca air dleastanasan nan aonaidhean-ciùird.

Tron ghalar lèir-sgaoilte, tha coinneamhan cunbalach air a bhith ann leis na h-aonaidhean ciùird. Chaidh aonta sònraichte a ruighinn eadar HIAL agus Prospect, PCS agus Unite air slàinte is sàbhailteachd luchd-obrach agus luchd-cleachdaidh seirbheis, air an dealbhadh gus sùil a chumail air rèiteachaidhean fosaidh agus tilleadh chun an àite-obrach. Chaidh na coinneamhan seo uile a chumail tro Microsoft Teams.

## A' CHIAD NUA-PHREANTAS AIG HIAL

B' e Sarah Brown, a cheumnaich sa Mhàrt 2021, a' chiad Nua-phreantas aig HIAL.

Tha an teisteanas ùr aig Sarah air leigeil leatha a càrsa-obrach atharrachadh agus a bhith na pàirt riatanach de Sgioba Conaltradh Fiosrachaидh agus Teicneòlas Fiosrachaيدh (ICT) HIAL stèidhichte ann an Inbhir Nis.

**“Tha mi air leth moiteil às a’ choileanadh seo agus tha mi air leth taingeil do HIAL airson a’ chothrom seo agus airson an taic leantainneach.”**

Sarah Brown, Teicneolaiche Siostaman ICT



# Aithisg Ro-innleachdail

## Sgioba HIAL

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-irean proifeiseanta as àirde.

Tro 2020/21 chruthaich an galar lèir-sgaoilte mòran obrach thar gach roinn ann an HIAL, bho na sgiobaidhean aghaidh againn aig na puit-adhair gu na sgiobaidhean taic againn a tha obair bhon taigh.

Rinn a h-uile duine aig HIAL an dicheall, a' gabhail a-steach nan sgiobaidhean tèarainteachd againn, co-obraichean còmhaghail motair, sgiobaidhean seirbheis smàlaidh nam port-adhair, riaghlaigh puit-adhair, trafaig adhair, seirbheis chustamairean agus sgiobaidhean taic, a bharrachd air ar co-obraichean agus manaidsearan taic sa phriomh ofis. Bha pàirt aig a h-uile duine ann a bhith a' toirt a-steach cheumannan a bharrachd gus a h-uile duine a chumail sàbhailte agus gus dèanamh cinnteach gun lean seirbheisean loidhne-beatha agus riatanach tron bhliadhna.

Bha conaltradh èifeachdach aig cridhe na h-obrach againn gus taic a chumail ri ar co-obraichean tron bhliadhna, agus chaidh prògram conaltraidh Covid sònraichte a chur air dòigh bho 17 Màrt.

Rinn sinn suirbhidh conaltraidh Covid tron chompanaidh air fad san Ògmhios. Chuidich am fios-air-ais conaltradh gus dèanamh cinnteach gun robh conaltradh a rèir feumalachdan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh ire, meud agus tricead fiosrachaidh.

Bha e, agus tha e fhathast, na phriomhachas a bhith a' cumail taic dhan luchd-obrach againn a bhith slàn sàbhailte tron àm gun samhail seo. Tron bhliadhna, rinn sinn cinnteach gun robh an uidheamachd dion phearsanta (PPE) a bha a dhith orra aig a h-uile duine agus thug sinn seachad trèanadh mu bhith ga chleachdadh gu h-iomchaidh.



Luchd-obrach HIAL

## SUIRBHIDH CONALTRAIDH

### Geàrr-chunntas air cuid de na toraidhean:

- Bha 96% den beachd gun robh na h-ùrachaidhean Covid a' toirt seachad an fiosrachaidh mun chompanaidh a bha a dhith
- Bha 96% den bheachd gun robh am fiosrachadh nàiseanta agus mun chompanaidh air an eadra-lion a bha a dhith orra
- Bha 84% den bheachd gun robh na seiseanan buail a-steach leis a' Manaidsear-stiùiridh agus an Àrd-sgioba Stiùiridh feumail
- Bha 73% air aplacaid Covid HIAL a luchdadh a-nuas agus bha 73% dhiubh den bheachd gun robh am fiosrachadh a bha a dhith orra air an aplacaid
- Thuirt 91% gun tug na seiseanan fiosrachaidh sgioba aca am fiosrachadh ionadail is corporra dhaibh a bha a dhith orra
- Thuirt 93% gun tug na seiseanan sgioba ionadail aca cothrom dhaibh ceistean a thogail agus freagairtean fhaighinn do cheistean sònraichte

“**Tha an conaltradh tron ghalar lèir-sgaoilte air a bhith aig an ire as fheàrr.**”

“**Tha a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta.**”

# Aithisg Ro-innleachdail

## Sgioba HIAL (a' leantainn)

Bha sinn a' toirt seachad grunn innealan air-loidhne gus taic a chumail ri slàinte agus sunnd inntinn. Chruthaich an sgioba ionnsachaiddh is Leasachaiddh pasgan de mhodalan air-loidhne a chaithd a dhealbhadh gus taic a thoirt do mhanaidsearan agus luchd-obrach tron ghalar lèir-sgaoilte a' coimhead air cuspairean bho shláinte is sunnd gu stiùireadh luchd-obrach air astar.

Leis an isleachadh mhòr ann an siubhal adhair fhuair a' chompanaidh feum a dhèanamh air Sgeama Glèidhidh Obraichean Coronavirus (sgeama förlaidh) aig cuid de na puirt-adhair againn agus dh'obraich sinn gu dlùth leis na h-aonaidhean-ciùird gus aonta a chur an sàs gus taic a thoirt do fhòrladh an luchd-obrach agus an tilleadh dhan àite-obrach às dèidh förladh.

Fhuair na sgiobaidhean-taic againn uidheamachd ICT gus am b' urrainn dhaibh an cuid obrach a dhèanamh bhon taigh. Le bhith a' toirt a-steach àrd-ùrlar didseatach, ghabhadh coinneamhan air-loidhne a chur air dòigh air an taobh a-staigh agus le priomh chom-pàrticean agus luchd-ùidh. Tha an dòigh-obrach seo air a bhith èifeachdach, tha ar co-obraichean air gabhail ris agus bidh e na phriomh sheanail airson conaltradh a chumail suas san àm ri teachd.

Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach. Tha obair a' dol air adhart gus ionnsachadh bho mhodalan-obrach ùra a chaithd a thoirt a-steach aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte leithid obair air astar agus hybrid a dh'fhaodadh buannachdan fad-ùine adhbharachadh an dà chuid do ar co-obraichean agus dhan chompanaidh.

Rinn a' chompanaidh Measadh Creideas nar Cosnайдhean (IIP) bhon taobh a-muigh agus fhuair i Inbhe Leasaichte IIP. Dh'aithnich am measadh seo an obair nach beag a rinneadh thar an dà bhliadhna a dh'halbh gus ar poileasaidhean agus pròiseasan riaghlaidh dhaoine agus gniomhan ionnsachaiddh is leasachaiddh a neartachadh.

San dà bhliadhna mu dheireadh, fhuair HIAL aithneachadh bhon taobh a-muigh mar:

- Fastaiche a tha Misneachail a thaobh Ciorraman
- Fastaiche a tha Barantaichte a thaobh Tuarastal Bith-beò
- Fastaiche a tha Taiceil do Luchd-cùraim



Tro 2020/21, thug sinn a-steach siostam nan Gaisgeach Sunnd agus thug sinn trèanadh do ghrunn luchd-obrach bho air feadh na companaidh airson a bhith nan Gaisgeach Sunnd.

## PORT-ADHAIR INBHIR NIS AIR AITHNEACHADH AIRSON SEIRBHEIS CHUSTAMAIREEAN

Tha an ire de riarrachas luchd-siubhail aig Port-adhair Inbhir Nis air a mheasadh gu cunbalach le prògram slat-tomhais cruinneil air a libhrigeadh le World International Council (ACI) World, a tha a' gabhail a-steach surbhidh do luchd-siubhail fhad's a tha iad a' dol tron phort-adhair.

Ach, tha ACI World air an iomaist 'Guth a' Chustamair' a thoirt a-steach bho chionn ghoirid gus puirt-adhair aithneachadh a bha a' cumail orra a bhith a' toirt priomhachas do na custamairean aca agus a' déanamh cinnteach gun cluinnear an guth tro ghalar lèir-sgaoilte Covid-19.

**“Dh'èist sinn ris na beachdan a fhuaireadh agus tha mi fior mhoiteil às an sgioba agam a chionn 's gun robh e cho comasach air atharrachadh a rèir feumalachdan nan custamairean againn aig àm cho doirbh.”**

Graeme Bell, Manaidean Port-adhair Inbhir Nis



Chaidh an sgioba ann an Inbhir Nis aithneachadh airson an dealas leantainneach a thaobh irean àrda de sheirbheis chustamairean sa phort-adhair aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte.

# Aithisg Ro-innleachdail

## HIAL sa choimhearsnachd

Tha puirt-adhair HIAL nam puirt-adhair coimhearsnachd gu ire-mhòr agus 's e an t-amas againn na stòrasan againn a chleachdad, a' gabhail a-steach toglaichean agus fearainn, a chùm leas nan coimhearsnachdan ionadail againn.

Tro 2020/21, fhuair clubaichean agus buidhnean ionadail buannachd bho shoithichean teasairginn uisge a chaidh a thoirt dhaibh nach robh a dhith oirnn tuilleadh.

Fhuair Club Seòlaidh Arcaibh jet-ski agus trèalair. Tha an club seòlaidh air aithneachadh mar ionad trèanaidh aig Comann Rioghail nan Gheat agus leis an jet-ski a-nis sa chabhlach aca, fao daidh iad sgrùdadh a dhèanamh an gabh barrachd trèanadh a thoirt seachad dhan choimhearsnachd ionadail.

Fhuair Caideatan Mara agus Saighdearan-mara Rioghail Dhùn Dè RIB bho Port-adhair Dhùn Dè. Cha robh e cinnteach am fosgladh aonad nan caideat a-rithist mus deach an RIB a thoirt dhaibh oir cha robh an seann RIB aca ag obair tuilleadh. Ni an RIB a thug HIAL dhaibh cinnteach gum bi na caideatan air an abhainn fad iomadh bliadhna ri teachd.

Chaidh an RIB ann an ìle a thabhan do Chomhairle Coimhearsnachd ìle, a bhios a' gabhail seilbh air a dh'aithghearr. Bha beagan uidheamachd gym aig an sgioba ann an ìle agus bha iad airson dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhan choimhearsnachd feum a dhèanamh dheth. Bha roinn Teiri-pe-cuirp ann an Ospadal ìle taingeil airson muileann-coise a chaidh a thoirt dhaibh a bhios gu math feumail ann an obair ath-shlànanachaidh do dh'euslaintich san roinn.



Port-adhair Kirkwall a' toirt Jet Ski do Chlub Seòlaidh Arcaibh

# Aithisg Ro-innleachdail

## HIAL sa choimhairsnachd (a' leantainn)

Chaidh RIB agus trèalair a thoirt do Chomhairle

Coimhairsnachd Bheinn na Faogha, a thug an uair sin e do Chala Loch Baghasdail. Thug ùghdarris a' chala tabhartas mòr don Chomhairle Coimhairsnachd airson an RIB, a thèid a chleachdadh mar shoitheach sàbhailteachd. Cuidichidh an t-airgead a rinneadh bhon bhàta a' choimhairsnachd ann an dòighean eile.

Chaidh RIB eile le trèalair a thoirt do Chlub Seòlaidh Steòrnabhaigh airson cleachdadh mar bhàta sàbhailteachd. Bidh an club a' toirt cothrom do dhaoine san àite seòladh ionnsachadh agus cuidichidh an RIB iad gus prògram leudaichte a chur air dòigh. Bidh e cuideachd na ghoireas sàbhailteachd nas èifeachdaiche do na dionghaidhean nas motha agus nas luaithe agus bheir e cothrom do na seòladairean cluba as fheàrr a dhol nas fhaide air falbh gu sàbhailte.

San t-Samhain 2020, leig HIAL fearann seachad a bha na phàirt de dh'oighreachd Port-adhair Steòrnabhagh gu leasaiche ionadail gus taigheadas seasmhach àrd-inbhe a thogail dhan choimhairsnachd ionadail. B' e an t-amas aig HIAL am fearann seo a leasachadh gus deagh dhachaighean a chruthachadh air pris reusanta airson leas muinntir an àite.

Chaidh sgìre 5.55-heactair a leigeil ma sgaoil dhan leasaiche taigheadais Calmax Construction, stèidhichte ann an Leòdhas, a tha air iarrtas dealbhaidh a chur a-steach airson 34 taighean, a chaidh aontachadh le Comhairle nan Eilean Siar. Tha Calmax Construction an dùil obair a thòiseachadh air na taighean ùra seo san ath 12 mhios.

Thathas an dòchas nach e a-mhàin gun toir an taigheadas ùr fàs don sgìre ach gun cuidich e mòran eileanaich ionadail a' chiad dachaigh aca a cheannach agus gun cruthaich e coimhairsnachd bheòthail, sheasmhach.



RIB ga thoirt do Chlub Seòlaidh Steòrnabhaigh

# Aithisg Ro-innleachdail

## A' tasgadh anns na puit-adhair

A dh'aindeoin dùbhlàan a' chorònabhiorais, agus mar a dh'fheumas sinn ar gniomhachd atharrachadh, chùm sinn oirnn a' cumail suas agus a' tasgadh anns na puit-adhair againn gus am bi sinn deiseil airson tilleadh gu seirbheis àbhaisteach nuair a cheadaicheas cuingealachaidhean.

Ann an 2020/21, rinn sinn tasgadh de còrr is £23 millean anns na puit-adhair againn ann am priomh phròiseactan, a' gabhal a-steach:

- **Dundee Airport** – chaidh crioch a chur air pròiseact gus uachdar ur a chur air aparan an iar a' phuirt-adhair
- **Port-adhair Inbhir Nis** – deasgaichean clàraidh ùr, inneal x-ghath ùr agus crios-giùlain ùr do bhagaichean. Tuilleadh leasachaidhean mòra air an t-siostam drèanadh uisge uachdar agus prògram leasachaidh páirc-eadh-chàraichean, ri taobh an taigh-òsta ùr
- **Port-adhair Sumburgh** – a' dèanamh chûisean nas fhèarr do chustamairean a thaobh Tèarainteachd le bhith a' leudachadh an raon sgrùdaidh agus ag ùrachadh nan innealan x-ghath. Tha obair còmhdaidh deiseil air tri hangaran.
- **Port-adhair Steòrnabhaigh** – a' cur crioch air còmhdaidh ùr a' phriomh hangair agus uachdar ùr air a' phàirce-chàraichean.
- **Port-adhair Thiriodh** – chaidh crioch a chur air leasachaidhean dhan togalach agus dhan stèisean smàlaidh agus chaidh grunn charbadan ùra a chur an àite seann charbadan.
- **Port-adhair Inbhir Úige Taigh Iain Ghòrt** – chaidh cuid de na h-innealan x-ghath tèarainteachd ùrachadh, chaidh carbadan ùra a libhrigeadh agus rinneadh leasachaidhean a bharrachd air an stèisean smàlaidh, a' gabhal a-steach doras ùr.
- **Port-adhair Bharraigh** – obair dealbhaidh leantainneach air togalach tèirmineil ùr agus ath-leasachadh air stòras nan carbadan.
- **Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain** – chaidh crioch a chur air obair dealbhaidh ann an 2020 agus bithear deiseil gus tòiseachadh air pròiseact gus uachdar ur a chur air an raon laighe nas fhaide air adhart ann an 2021.

Ann an 2020, rinn sinn tasgadh ann an teicneòlas siostam adhair gun luchd-obrach (UAS) – ris an canar drònaichean mar as trice – gan cur ris an stòras uidheamachd againn. Chaith sgioba de chleachdaichean UAS, air a dhèanamh suas de luchd-obrach bho air feadh na companaidh, a chur air dòigh gus an teicneòlas ùr-nodha seo a chleachdad.

Théid an teicneòlas seo a chleachdad gus ar riatanasan sgrùdaidh a dhèanamh, a' toirt seachad dòigh nas fheàrr dhan àrainneachd agus nas cosg-èifeachdaiche gus a leithid de ghniochan a choileanadh. Cha toir seo ach buaidh glè bheag air obair nam port-adhair agus is urrainnear an cleachdad gu math luath.

Tha am prògram sgrùdaidh UAS againn air tòiseachadh agus tha sinn a' coimhead air drònaichean a chleachdad airson feumalachdan nas fharsainge, mar eisimpleir airson sgrùdaidhean làitheil nuair a tha na puit-adhair dùinte gus milleadh no làthaireachd nithean cùin no fiadh-bheatha a lorg air no faisg air raointean-laighe, a dh'fhaodadh a bhith cunnartach do dh'itealain.

B' e an àrainneachd a' phriomh fhactair air an robh sinn a' beachdachadh agus sinn a' lorg stuthan gus na puit-adhair againn a chumail saor bho dheigh. Tha HIAL air a bhith a' cleachdad stuth stèidhichte air glycol gus na raointean-laighe a chumail saor bho dheigh sa gheamhradh fad iomadh bliadhna agus tha e air a bhith glè èifeachdach. Ach, is urrainn droch buaidh àrainneachdail a bhith aig bathar stèidhichte air glycol oir tha Feum Bith-eòlasach air Ogsaidean (*Biological Oxygen Demand – BOD*) àrd aige.

Mar sin, às dèidh grunn dheuchainnean gus fuasgladh a lorg a tha nas fheàrr dhan àrainneachd, thug HIAL a-steach fuasgladh de lionn potassium formate agus stuth di-reòthaidh grainiul cruaidh thairis air a h-uile port-adhair aige ann an 2020/21.

Chaidh an stuth di-reòthaidh raon-laighe stèidhichte air potassium a chleachdad leis gu bheil buaidh àrainneachdail gu math ional aige, ire coileanaidh àrd agus gu bheil e a' cur bacadh air meirg. An-dràsta, tha na luachan Feum Ceimigeach air Ocsaidean agus BOD as isle aig bathar di-reòthaidh stèidhichte air potassium formate aig gin de na stuthan di-reòthaidh a tha uighdarraichte aig ire Sònachadh Stuth Spàs-adhair (*Aerospace Material Specification – AMS*). Mar sin, is e seo am bathar as fheàrr airson ar riatanasan obrachaidd geomhraidh agus airson nan dleastanasan againn a thaobh uisge sruthach a' phuirt-adhair, a tha fo smachd teann Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba (SEPA). Chan e a-mhàin gum bi na stuthan di-reòthaidh a' toirt seachad fuasgladh geomhraidh èifeachdach, ach fàgaidh e cuideachd gu bheil HIAL a' dol nas fhaide na an gèilleadh àrainneachdail le SEPA.





Crann-sneachda, Port-adhair Dhùn Dè

# Aithisg Ro-innleachdail

## Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon (Streamlined Energy and Carbon Reporting – SECR)

### Riatanasan Aithris SECR

Tha Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon (SECR) na fréama aithris a chaidh an àite Sgeama Èifeachdas Gealltanás Lúghdachaidh Carboin. Chaith an riaghait a chur an gniomh air 1 Giblean 2019 agus tha e a' gabhail a-steach bliadhnaichean aithris ionmhasail a thòisich air no às dèidh a' chinn-latha seo. Airson Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta (HIAL), seo 1 Giblean 2020 gu 31 Màrt 2021.

Tha an riaghait an sàs airson companaidhean mòra a tha a' coileanadh nan riatasan a leanas:

- Còrr is 250 luchd-cosnайдh
- Teachd a-steach de chòrr is £36 millean
- Duilleag Cothromachaидh le iomlan de chòrr is £18 millean.

Feumaidh companaidhean a tha a' tighinn fo sgèith an reachdais am fiosrachadh lùtha is carboin aca a chur ann an Aithisg nan Stiùirichean aca mar phàirt de na dileastanasan aithris bliadhnaidh aca.

A chionn 's gu bheil HIAL na chompanaidh mòr neo-liostaichte, feumar na rudan a leanas a chur ann aig a' char as lugha:

- Cleachdadadh lùths san RA (aig air a' char as lugha gas, dealain a chaith a cheannach agus connadh còmhdaidh)
- Eimiseanan gas taighe-ghlainne (*greenhouse gas – GHG*) ceangailte
- Na figearan airson na bliadhna roimhe airson cleachdadadh lùths agus eimiseanan GHG (ach a-mhàin sa chìad bhliadhna)
- Co-dhiù aon cho-mheas dèine (m.e. eimiseanan a rèir àireamhan luchd-obrach FTE no tionndadh airgid)
- Fiosrachadh mu ghniomhan a thaobh èifeachdas lùtha a chaith a ghabhail ann am bliadhna ionmhas 2020/21 (Giblean-Màrt), far an robh lùghdachadh 13% anns na h-eimiseanan againn san dòigh-obrach stèidhichte air àite agus lùghdachadh de 14% san dòigh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh.

San àm ri teachd, dh'fhaodte gun tèid seo a leudachadh airson a bhith a' gabhail a-steach cleachdadadh uisge agus aithris air sgudail.

Tha HIAL air a bhith ag aithris air na h-eimiseanan againn a rèir riaghailtean aithris riatanach na RA air GHC bho 2018/19. Às dèidh do na riatasan SECR a thiginn a-steach, cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh ar caitheamh lùtha agus eimiseanan carbon co-cheangailte riutha san aithisg bhliadhnaidh againn a rèir sin.

Tha na h-eimiseanan air a bheilear ag aithris a' gabhail a-steach eimiseanan bhon a h-uile port-adhair is ofis a th' againn no a tha sinn a' ruith. 'S iad sin: Port-adhair Bharraigh, Port-adhair Bheinn na Faoghlà, Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Port-adhair Île, Port-adhair Inbhir Nis, Àrd-ofis Inbhir Nis, Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt, Port-adhair Kirkwall, Port-adhair Steòrnabhaigh agus Port-adhair Thiriodh.

Tha ionmhas nam port-adhair seo air a chur còmhla aig ire na buidhne, agus mar sin tha sinn air ar sgaoilidhean a chur còmhla san aon dòigh. Tha an clàr air an ath dhuilleag a' toirt cunntas air a' phròifil sgaoilidhean againn airson bliadhna ionmhas 2020/21 (Giblean-Màrt), far an robh lùghdachadh 13% anns na h-eimiseanan againn san dòigh-obrach stèidhichte air àite agus lùghdachadh de 14% san dòigh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh.



# Aithisg Ro-innleachdail

	Aonad Tomhais	Stèidhichte air àite		Stèidhichte air Margadh	
		2020/21 RA is Far a' Chladaich	2019/20 RA is Far a' Chladaich	2020/21 RA is Far a' Chladaich	2019/20 RA is Far a' Chladaich
Caitheamh cumhachd a chaidh a chleachdadh gus eimiseanan a thomhas	kWh	16,892,795	18,627,913	16,892,795	18,627,913
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh gas nàdarragas (Sgòp 1)	tCO2e	32	22	32	22
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh connaidhean teasachaidh eile (Sgòp 1)	tCO2e	1,394	1,922	1,394	1,922
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh gas nàdara air adhbharan còmhdailean (Sgòp 1)	tCO2e	685	473	685	473
Eimiseanan bho shiubhal gniomhachais ann an càraichean air mìl no carbadan le luchd-obrach far a bheil uallach air a' chompanaidean connadh a cheannach (Sgòp 3)	tCO2e	10	58	10	58
Sgaoilidhean bho dhealan a chaidh a cheannach (Sgòp 2)	tCO2e	1,990	2,270	0	0
<b>CO2e iomlan uile stèidhichte air na figearan gu h-àrd</b>	tCO2e	<b>4,110</b>	<b>4,744</b>	<b>2,120</b>	<b>2,474</b>
Co-mheas dèine: kgCO2e / iomlan àireamhan luchd-siubhail	kgCO2e/PAX	10.47	2.82	5.40	1.47

Gus coimeas a dhèanamh bliadhna-thar-bliadhna de dh'eimiseanan a tha a' toirt feart air atharrachaidhean anns an ìre  
ghniomhachd, tha HIAL air co-mheas dian eimiseanan obrachadh a-mach a rèir àireamh iomlan an luchd-siubhail airson na  
bliadhna aithris. Tha seo stèidhichte air 1,682,245 luchd-siubhail ann an 2019/20 agus 392,682 luchd-siubhail ann an 2020/21.  
Tha an co-mheas dèine air èirigh ann an 2020/21 mar thoradh air lùghdachadh mòr ann an àireamhan an luchd-siubhail.

# Aithisg Ro-innleachdail

## Gníomhan a thaobh èifeachdas lùtha

Tha HIAL air leantainn air a' gabhail cheuman gus piseach a thoirt air èifeachdas lùths nan làraichean againn agus gus na h-eimiseanan carboin againn a lùghdachadh. Tha seo a' gabhail a-steach nan gniomhan agus pròiseactan a leanas:

- Ghabh sinn ann an sgeama Barantachadh Carbon Port-adhair (*Airport Carbon Accreditation – ACA*) agus fhuair sinn lìre 1, "Mapadh" ann an 2020 airson Port-adhair Inbhir Nis. Le bhith a' dol air adhart tro na sia irean de sgeama ACA, seallaidh sinn ar dealas a thaobh a bhith a' lùghdachadh ar cuid eimiseanan air feadh na buidhne, a' gabhail a-steach nan eimiseanan Sgòp 3 dùbhlanach bho sheirbheisean adhair
- A' cruthachadh mapa-slighe gu cothromachadh carboin a thaobh sgaoilidhean, a' gabhail a-steach nan eimiseanan Sgòp 1 is Sgòp 2 a chaidh aithris fo SECR a bharrachd air eimiseanan Sgòp 3 mòra bho sheirbheisean-adhair agus còmhdaile luchd-siubhail. Bidh am mapa-slighe seo na stiùir air mar as urrainn dhuinn ar cuid eimiseanan a lùghdachadh agus an targaid againn a ruiginn de chothromachadh carbon ro 2040.
- Sgaoileadh leantainneach de sholais LED, an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh le smachd bho mhothachairean far a bheil sin iomchaidh
- A' ceannach carbadan dealain airson a dhol an àite carbadan diosail air taobh an adhair.
- Lùghdaich eimiseanan bho thrèanadh smàlaidh sna puirt-adhair againn le bhith a' tasgadh ann an dòighean trèanaidh eile, a' gabhail a-steach seiseanan bhiortail.
- A' toirt piseach air èifeachdachd nan siostaman teasachaidh ann an grunn phort-adhair tro ùrachaidhean agus leasachaidhean uidheamachd.
- Chaidh aonad teas is cumhachd haidridein a chur a-steach ann am Port-adhair Kirkwall, a' lùghdachadh an ire cleachdaidh de dh'ola teasachaidh.
- Chaidh siostam pump teas a chur a-steach ann am Port-adhair Inbhir Üige Taigh Iain Ghròt airson a dhol an àite seann ghoileadairean connaidh, a' di-charbonachadh an siostam teasachaidh gu túr.



## An dòigh-obrach a chaidh a chleachdad gus an lorg carboin obrachadh a-mach

Chaidh an lorg carboin againn obrachadh a-mach le Ricardo Energy and Environment a chleachd dòigh-obrach a tha a rèir prionnsabalan Inbhe Pròtalal GHG airson Cunntas agus Aithris Corporra. Chaidh an slat-tomhais a tha aithnichte air feadh an t-saoghal a dhèanamh le Comhairle Gniomhachais an t-Saoghal airson Leasachadh Seasmhach (*World Business Council for Sustainable Development – WBCSD*) agus Institiud Goireasan an t-Saoghal (*World Resources Institute – WRI*). Tha Inbhe Pròtalal GHG air aon de na dòighean-obrach a tha air am moladh fo stiùireadh SECR. Tha an lorg coise a' cleachdad factaran iompachaidh na RA airson na bliadhna aithris is na bliadhna coimeis. Airson cleachdad lùth far nach robh figearan ann an kWh mar-thà, chaidh iad a chur ann an kWh a' cleachdad na h-ire dlùths agus an luach calorlic iomlan a chaidh a thoirt bho factaran tionndaidh gasaichean taigh-ghlainne aig Riaghaltas na RA airson na bliadhna aithris. Airson carbadan a tha leinn, bha seo stèidhichte air na factaran iompachaidh airson diosail, peatrail, kerosene agus ola gas.

Tha an dàta a chaidh a ghlacadh taobh a-staigh àireamhachadh lorg carboin na bliadhna seo air tighinn sa mhòr-chuid bho fhàirdealan bho sholarairean lùtha, ged a chaidh dàta mu dhealan a ghlacadh tro dhàta bho mheatairean. Chaidh eimiseanan carboin bho charbadan le HIAL a thomhas a rèir nan liotairean de chonnadh a chaidh a chaitheamh anns gach carbad leis nach eil miltean ann mar thomhas iompachaidh.

Chaidh beagan bheachdan a ghabhail gus an eacarsaich aithris seo a dhèanamh anns an dòigh as soilleire 's a ghabhas. Ann a bhith a' tomhas gas nàdarra, cha do thòisich is cha do chriochnaich na leughaidhean meatair taobh a-staigh na h-ùine aithris; chaidh ire caitheamh nas pongaile a chruthachadh le bhith a' lorg a' chaitheimh làitheil cuibheasach agus ga sgèileadh suas a rèir na h-àireimh iomlan de làithean anns an úine aithris.

Tha luchd-gabhall aig HIAL cuideachd far a bheil an t-ullach airson lùth a cheannach taobh a-staigh raon-ùghdarrais HIAL, ach far a bheil an lùth ga chaitheamh leis an neach-gabhall agus far a bheil na cosgaisean an uair sin air an cur air an neach-gabhall.

# Aithisg Ro-innleachdail

## An dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh gus an lorg carboin obrachadh a-mach (a' leantainn)

San aon dòigh, chaidh na cosgaisean airson connadh teasachaidh is còmhdhail a phàigh HIAL a chur air an luchd-gabhal thar cuid de phuirt-adhair agus chaidh an aon dòigh-obrach a chleachdadh gus na h-eimiseanan a chaidh a thoirt do HIAL a lughdachadh anns na cùisean sin. Ann a bhith a' tional data ath-phàighidh airson Port-adhair Steòrnabhagh tro fhàirdealan, fhuaras a-mach nach robh am fairdeal airson Lùnastal 2020 a' gabhail a-steach an dàrna cuid na liotairean connaidh a chaidh a cheannach no a' chosgais airson gach liotair, direach a' chosgais ionlan. Mar sin, gus na liotairean a chaidh a chaitheamh a thomhas gus kgCO<sub>2</sub>e obrachadh a-mach, chaidh cuibheasachd de gach mios eile taobh a-staigh na bliadhna aithris a chleachdadh airson cosgais gach liotair obrachadh a-mach, agus chaidh cosgais an fhàirdeil a cho-roinn leis a seo gus tuairmse a dhèanamh air na liotairean de chonnadh a chaidh a chaitheamh. (447 L).

Ged a chaidh oidhirpean gus caitheamh cumhachd treaspàrtaidh (ath-phàigheadh) a thoirt air falbh bho eimiseanan gasaichean taigh-ghlainne HIAL airson 2020/21, tha beagan caitheamh connaidh aig carbadan treas pàrtaidh airson puirt-adhair Inbhir Nis agus lle fthat hast taobh a-staigh an data airson aithris SECR. Tha seo air sgàth 's nach robh fiosrachadh gu leòr ann mu ath-phàigheadh connaidh le treas pàrtaidh aig an dà phort-adhair agus nach robh am fiosrachadh ri fhaighinn airson a chur a-steach dhan aithisg bhliadhnaile. Mar sin, tha còmhdhail Sgòp 3 cuideachd a' gabhail a-steach connadh a chleachd cui'd de chompanaidhean treas-phàrtaidh. Chaidh an t-suim cheart de chosgaisean a fhuaras air ais bho threas pàrtaidhean a thoirt air falbh bho dhàta caitheamh/eimiseanan 2019/20 airson Sgòp 1 den t-seata data.

Gus beagan co-theacsa a thoirt seachad, ann an 2019/20 chuir Port-adhair Inbhir Nis na cosgaisean airson 51% de dhiosal, 84% de dh'ola gas, agus 3% de peatrail air gniomhaichean treas pàrtaidh agus rinn Port-adhair lle seo le 38% de na bha iad a' caitheamh air ola gas.

Tha anailis air data ionmhasail airson connadh còmhdhail gniomhachais air feart a tort air tar-iadhadh sam bith eadar cunntasan HIAL gus nach bi cunntadh dùbalte ann. Nuair a bhathar a' tomhas sgaoilidhean bho chonnadh còmhdhail, far nach deach ach a' chaitheamh air connadh a thoirt seachad (connadh aig càr air mhàl agus miltean pearsanta), chaidh gabhail ris gur e peatrail a bh' ann an 50% den chaitheamh agus diosail sa 50% eile. Mu dheireadh, far a bheil sin iomchaidh, chaidh an dàrna cuid pris cuibheasach a' chonnaidh bho fhàirdealan no bho inneal Clàr Lorgan Carbon agus Clàr Pròiseact (*Carbon Footprint and Project Register – CFPR*) aig Lionra Alba Sheasmhach a chleachdadh gus caitheamh air connadh a thionndadh gu meud.

Tha HIAL cuideachd air co-dhùnadh cunntas a dhèanamh gu saor-thoileach air eimiseanan stèidhichte air a' mhargaidh còmhla ris an dòigh riatanach stèidhichte air àite, oir bidh seo a' gabhail a-steach mar a tha HIAL a' ceannach dealan aig a bheil 100% de Gheallaidean Tùsan Cumhachd Ath-nuadhachail (*Renewable Energy Guarantees of Origin – REGO*). Le fianais gus seo a dhearbhadh, chaidh an dealan uile a chleachd HIAL tro EDF iomadachadh le factar de neon.



Port-adhair Inbhir Nis © Sandy Matheson

# Aithris Gèillidh

Tha Ricardo Energy and Environmental air a bhith ag obair le HIAL gus dàta gas taighe-ghlainne agus àrainneachdail obrachadh a-mach airson Aithris nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon. Tha an aithris seo na gheàrr-chunntas air toradh a' phròiseas.

## Àm Dearbhaidh

Thatagar a' aithris airson eimiseanan airson 1 Giblean gu 31 Màrt 2021.

## Ire agus sgòp an dearbhaidh

Rinn Ricardo Energy and Environment lèirmheas dearbhaidh cuingichte air dàta GHG agus àrainneachdail HIAL airson 2020/21 leis an amas dèanamh cinnteach gum bi HIAL a' gèilleadh ri SECR. Tha an dàta a chaidh a thoirt seachad a' gabhail a-steach dàta aithris riatanach agus roghainneil. Tha an dearbhadh seo airson pròfil nan eimiseanan mar a chaidh a' mhineachadh ann nithean Sgòp 2 gu h-àrd airson aithsing bliadhnaul Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

## Modh-obrach an dearbhaidh

Rinn Ricardo Energy and Environment dearbhadh air GHG agus dàta àrainneachdail HIAL airson 2021/21 a réir ISO 14064-3: 2019: Sònachadh le stiùireadh airson dearbhadh agus daingneachadh a thaobh beachdan mu ghasaichean an taigh-ghlainne a bharrachd air dleastanasan gealltanais a bharrachd air ISAE 3000 (ath-sgrùdaichte) Assurance Engagements Other than Audits or Reviews of Historical Financial Information.

## Am beachd aig Ricardo Energy and Environment

Stèidhichte air ath-sgrùdadhean Ricardo Energy and Environment:

- Tha HIAL air a dheagh ullachadh airson a bhith a' gèilleadh ris an reachdas SECR agus ri riatanasan an sgeama ann an 2020/21.
- Tha an dàta a thèid a chleachdadh gus an aithsing bhliadhnaul SECR a dhèanamh coileanta, air a dheagh structaradh agus aig ire glè phongail.
- Tha cothrom ann piseach a thoirt air na pròiseasan stiùridh dàta airson amannan aithris san àm ri teachd gus an téid àireamhachadh SECR a dhèanamh nas luaithe. Tha HIAL ag obair a dh'ionnsaigh seo mar-tha le bhith a' beachdachadh air cleachdadh bathair-bog gèillidh SECR aig RIO agus a' toirt piseach air na h-innealan stiùireadh dàta aca fhèin.
- Cha do lorg an ath-sgrùdachd dàta mearachdan susbainteach no dearmad sam bith nach b' urrainnear obrachadh a-mach bho thaobh a-staigh an dàta riatanach.



Ed Bovill  
Àrd-chomhairliche  
Seasmhachd: Stiùireadh Lùths is Carboin  
Rianachd Carboin  
Ed.Bovill@ricardo.com  
+44 (0)1235 753 426



Aaron Yule  
Mion-sgrùdaire Comhairleachaidh  
Seasmhachd: Stiùireadh Lùths is Carboin  
Fern.Spencer@ricardo.com  
Aaron.Yule@ricardo.com  
+44 (0)1235 753 302



Fern Spencer  
Mion-sgrùdaire comhairleachadh  
Seasmhachd: Stiùireadh  
Lùths is Carboin  
Fern.Spencer@ricardo.com  
+44 (0)7395 370162

# Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean

Cruthachaidh am pròiseact tionnsgalach seo a' chiad ionad deuchainn carbon-iosail stèidhichte air obrachadh san RA ann am Port-adhair Kirkwall ann an Arcaibh.

Ni am pròiseact deuchainn air grunn theicneòlasan itealain inntinneach a' gabhail a-steach itealain beag-charboin a' cleachdadadh connadh dealain, haidridean no sinteataig an àite connadh fosail àbhaisteach.

Nithear deuchainn air carbadan adhair gun sgioba (*Unmanned aerial vehicles – UAVan*) – mar eisimpleir drônaichean – agus seallaidh iad mar as urrainn an cleachdadadh gus feumalachdan làitheil a choileanadh, leithid libhrigeadh stuthan meidigeach air-iartas gu direach gu ospadalan agus ionadan slàinte.

Bidh SATE cuideachd a' coimhead air mar a ghabhas bun-structar puit-adhair gun charbon le tùsan cumhachd uaine a chur an gniomh.

A bharrachd air sin, thèid buaidh shòisio-eaconamach nan teicneòlasan agus seirbheisean ùra san roinn – agus na sgilean agus an trèanadh a tha a dhith gus taic a chumail riutha – a mheasadh

Bheir SATE an cothrom seirbheisean-adhair le cothromachadh-carboin a thaisbeanadh, a' cur na Gàidhealtachd agus nan Eileanan agus na RA aig fior thoiseach a' għluasaid gu còmhdaill-adhair beag-charboin.

Tha am pròiseact seo na cheum chudromach a dh'ionnsaigh an amais againn gus obrachadh nam port-adhair a dhì-charbonachadh ro 2040.



Tha SATE a' tortòr còmhla co-bhanntachd de 13 com-pàirticean eadar-nàiseanta



# Aithisg nan Stiùirichean

**Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-aithisg aca agus aithrisean ionmhais na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2021.**

## Stiùirichean

B' iad na stiùirichean a bha air a' bhòrd sa bhliadhna gu 31 Màrt 2021, agus às dèidh sin:

Lorna Jack, MA, CA	Cathraiche
Inglis Lyon, BSc (Hons) LLB	Manaidsear-stiùiridh
Johanna Wallace, BSc (Hons) CA	Stiùiridh Ionmhais agus Coimeirsealta
Gillian Bruton, BAcc, CA	Stiùiriche an Ionmhais
James McLaughlan, Chartered MCIPD, MBA	Stiùiriche
Eric Hollanders	Stiùiriche
Wilhelmina Strachan CA (SA)	Stiùiriche
Christopher Holliday	Stiùiriche
Isabel Todenhoefer	Stiùiriche

## Stiùirichean a' faighinn barantas-diona treas-phàrtaidh

Tha na stiùirichean a' faighinn buannachd bho ullachaidhean barantas-diona ann an Artaigilean na Companaidh Bha an t-ullachadh seo, a tha na ullachadh barantas-diona mar a chaidh a mhineachadh ann an Achd nan Companaidhean 2006, an gniomh tron bhliadhna ionmhais agus tha e an gniomh fhathast. Cheannaich a' Chompanaidh àrachas fèicheanais airson nan stiùirichean agus chùm iad seo suas fad na bliadhna ionmhais.

## Neach-sgrùdaidh

Tha an luchd-sgrùdaidh fastaichte, Azets Audit Services air a ràdh gu bheil iad deònach cumail a' dol san dreuchd mar luchd-sgrùdaidh agus thèid moladh gun tèid an ath-fhastadh a rèir earrainn 485 de dh'Achd nan Companaidhean 2006.

## Aithris an luchd-sgrùdaidh mu bhith a' foillseachadh fiosrachadh dhan luchd-sgrùdaidh

Tha liosta de na stiùirichean a bha nam ball den bhòrd nuair a chaidh aithisg nan stiùirichean aontachadh gu h-àrd. Às dèidh faighneachd de cho-Stiùirichean agus de Neach-sgrùdaidh na Buidhne, tha gach aon de na Stiùirichean a leanas a' daingneachadh na leanas:

- cho fad 's as fhiosrach agus as aithne gach stiùiriche, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith ann air nach eil fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird; agus
- tha gach stiùiriche air a h-uile ceum a ghabhail ris am biodh dùil reusanta a bhith mothachail mu fhiosrachadh sgrùdaidh buntainneach agus gus dearbhadh gu bheil neach-sgrùdaidh na Buidhne mothachail air an fhiosrachadh sin.

## Mar òrdugh bhon Bhòrd



Inglis Lyon  
Rùnaire na Companaidh  
6 Dàmhair 2021

# Aithris air Riaghlaidh

## Ro-ràdh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm siostam in-smachd earbsach a chumail suas a tha a' cumail taic ri coileanadh amasan HIAL, fhad 's a thathar a' dion nam maoinean is stòrasan poblach air a bheil mi cunntachail. Tha am Meòrachan do dh'Oifigeanan Cunntachail aig Buidhnean Poblach eile a' cur nan dleastanasan seo an cèill.


Is e adhbhar na h-Aithris air Riaghlaidh a bhith a' mineachadh cruth agus eagrachadh nan structaran riaghlaidh aig HIAL agus mar a tha iad a' cumail taic ri coileanadh amasan HIAL. Tha e a' mineachadh nan structaran riaghlaidh, riaghlaidh riosgan agus pròiseasan in-smachd a bha an sàs ann an HIAL tron bhliadhna ionmhais 2020/21 agus ag aithris air a' mheasadh agam air èifeachdas nan ullachaidhean sin.

## Frèam Riaghlaidh

Tha frèam riaghlaidh HIAL stèidhichte air an reachdas agus air deagh riaghlaidh corporra a tha an gniomh airson companaidh a tha leis an Riaghaltas. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' leantainn Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba (*Scottish Public Finance Manual – SPFM*).

Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh an SPFM gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean ceangailte eile air làimhseachadh iomchaidh airson nam maoinean poblach. Tha e air a dhealbhadh gus déanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri riatanasan reachdail agus pàrlamaideach, a' brosnachadh luach an airgid agus irean àrda de dh'ionracas agus a' déanamh cinnteach gu bheil cunntachalachd èifeachdach agus deagh shiostaman in-smachd ann. Mar bhuidheann a tha maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, tha an stiùireadh anns an SPFM a' buntainn ruinn.

**Tha an diagram a leanas a' sealltainn an structar riaghlaidh aig an àm seo**



# Aithris air Riaghladh

## Am Bòrd

Bidh am Bòrd a' stèidheachadh ro-innleachd gniomhachais na Buidhne, a' toirt fa-near do phoileasaichd ainmichte Ministearan na h-Alba gus leasachadh eaconamach is sòisealta a bhrosnachadh anns na sgìrean air am bi HIAL a' frithealadh. Tha uallach coitcheann air a' Bhòrd gus siostam seasmhach de riaghladh corporra agus in-smachd a chumail suas a bheir taic do choileanadh poileasaidhean, agus amasan Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta agus a tha cuideachd a' dion airgead agus maoin poblach. Tha dleastanas a' Bhùird air a cur an cèill anns an Sgriobhainn Frèam-obrach eadar Riaghaltas na h-Alba agus HIAL. Tha e an urra ri Bòrd HIAL ceannardas, stiùireadh, taic agus comhairle a thoirt seachad, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil HIAL a' libhrigeadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus a réir amasan, poileasaidhean agus priomhachasan Ministearan na h-Alba.

Tha buill Bòrd HIAL air am fastadh le Ministearan na h-Alba agus tha uallach coitcheann orra airson a bhith a' ruith ghnothaichean HIAL mar as còir. Gheibh buill làn chothrom, ann an deagh àm, air an fhiosrachadh uile a tha a dhith orra gus an obair aca a dhèanamh gu h-èifeachdach.

Tha ochdnar bhall air a' Bhòrd aig an àm seo. Is iad na h-ochdnar bhall an Cathraiche neo-ghniomhach, am Manaidsear-stiùiridh gniomhach, an Stiùiriche Ionmhais is Coimeirseala gniomhach agus na còignear stiùirichean neo-ghniomhach. Tha clàr soilleir de chûisean glèidhite aig a' Bhòrd agus sgeama tiomnaidh soilleir dhan mhanaidsear-stiùiridh, stiùiriche ionmhais agus buill eile den sgioba gniomh. Thèid a h-uile cùis chudromach a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha glèidhite dhan Bhòrd a thoirt dhan Bhòrd aig na coinneamhan aca airson beachdachadh agus aontachadh. Bidh am Bòrd a' coinneachadh timcheall air gach sia seachdainean, le coinneamhan fòn a bharrachd nuair a bhios feum air seo. Chithear làithreachd buill a' Bhùird airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crich air 31 Màrt 2021 anns a' chlàr gu h-íosal. Bidh Buill a' bhùird a' nochdadhan com-pàirtean gach bliadhna agus bithear a' cumail chlàraighean.

## Covid-19

Bhon Mhàrt 2021, às dèidh lèirmheas air na planaichean tuiteamais a bha an sàs, chaidh ceuman lasachaidh Covid a bharrachd a chur an sàs air feedh nan 11 port-adhair uile aig HIAL. B' e agus 's e am priomhachas againn, a bhith a' dion ar luchd-siubhail agus co-obraichean, a' lughdachadh sgaoileadh a' bhiorais agus a' cumail suas nan seirbheisean adhair riatanach agus loidhne-teasairginn airson nan coimhlearsnachdan againn.

Tron bhliadhna rinn sinn measadh air an raon de cheumannan a bha an sàs gus dèanamh cinnteach gun deach an atharrachadh an co-rèir ri diofar riaghailtean, cuingealachaidhean agus riatanasan aig an Riaghaltas agus tha seo fhathast a' tachairt.

Bha an structar riaghlaidh a chaidh a chur air dòigh airson freagairt ri Covid gu h-èifeachdach fhathast an gniomh air 31 Màrt 2021.

Tha Bòrd HIAL agus Còmhdaile Alba fhathast a' faighinn úrachaidhean cunbalach mu ro-innleachd agus planadh Covid.

## COTHROMACHADH GNÈ 50% AIR BÒRD HIAL

Aig deireadh 2020/21, dh'fhoillsich HIAL a' chiad aithisg riochdachaidd Büird aca a tha a' nochdadhan an adhartais a tha a' bhuidheann air dèanamh ann a bhith a' dèligeadh ri fo-riochdachadh boireannaich ann am buidhnean poblach. Tha àireamh cho-ionann de dh'fhireannach agus de bhoireannach air Bòrd HIAL.

**“Tha 50 sa cheud de Bhòrd HIAL a bhith nam boireannaich na cheum chudromach air an t-slighe againn gu ballrachd eadar-mheasgte air a' Bhòrd, agus tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine de gach gnè agus bho chùl-raointean gun riochdachadh iomchaidh airson dreuchdan bànn sam bith air a' Bhòrd againn san àm ri teachd.”**

Lorna Jack, Cathraiche HIAL

# Aithris air Riaghlaigh

## An Neach-measaidh

Faodaidh neach-measaidh air fhastadh le Riaghlaigh na h-Alba a bhith an làthair aig coinneamh sam bith aig a' chompanaidh no a stiùridhean ach chan fhaod i/e bhòtadh.

## Comataidh Sgrùdaidh

Tha am Bòrd air Comataidh Sgrùdaidh a stèidheachadh le cumhachan iomraidh aontaichte gus comhairle a thoirt dha air freagarrachd nan ullachaidhean airson riaghlaigh riosgan, in-smachd agus cùisean riaghlaidh, a' gabhail a-steach gèilleadh ri Leabhar-làimhe SPF. Bidh a' chomataidh a' faighinn aithisgean cunbalach bho luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh agus a' cumail sùil air a' chlàr riosgan corporra a bhios an sgioba gniomh a' toirt dhith. Tha e a' cumail sùil air gèilleadh ri reachdas agus riaghailtean. Bidh a' chomataidh ag aithris dhan Bhòrd às dèidh gach coinneimh, air cùisean co-cheangailte ri riosgan agus gèilleadh. Chithear làithreachd buill na Comataidh Sgrùdaidh airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crich air 31 Màrt 2021 anns a' chlàr gu h-iosal. Tron bhliadhna, bha triùir stiùirichean neo-ghniomhach air a' Chomataidh Sgrùdaidh, le aonan aca mar chathraiche. Bithear a' toirt cuireadh dhan Mhanaidsear-stiùiridh agus dhan Stiùiriche Ionmhais is Coimeirsealta a bhith an làthair aig coinneamhan.

Ainm	Comataidh Sgrùdaidh			Bòrd HIAL			Bòrd DAL		
	Dreuchd	Cùmte	An Làthair	Dreuchd	Cùmte	An Làthair	Dreuchd	Cùmte	An Làthair
Lorna Jack	N/A	N/A	N/A	Cathraiche	11	11	Cathraiche	6	6
Jim McLaughlin	Ball NXD	5	5	Ball NXD	11	11	Ball NXD	6	6
Inglis Lyon	An làthair	5	5	Ball MD	11	11	Ball MD	6	6
Gillian Bruton	An làthair	3	3	Ball FD	8	8	Ball FD	4	4
Johanna Wallace	An làthair	2	2	Ball FD	3	3	Ball FD	2	2
Eric Hollanders	N/A	N/A	N/A	Ball NXD	11	11	Ball NXD	6	6
Wilhelmina Strachan	Cathraiche	5	5	Ball NXD	11	11	Ball NXD	6	6
Isabel Todenofer	N/A	N/A	N/A	Ball NXD	11	11	Ball NXD	6	6
Chris Holliday	Ball NXD	5	5	Ball NXD	11	11	Ball NXD	6	6
David Martin	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	Ball NXD	4	4
Greg Colgan	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	Ball NXD	2	2

## In-sgrùdad

Tha obair an in-sgrùdaidh a' cuimseachadh air raointeann a tha air an comharrachadh tro mhion-sgrùdad air ire a' chunnairt agus a rèir a' phlana in-sgrùdaidh air an deach beachdachadh agus a chaidh aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh. Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh a' neartachadh neo-eisimeileachd agus luach an in-sgrùdad agus a' toirt seachad fòram do dh'àrd-stiùirichean gus beachdachadh air in-smachd a' gabhail a-steach cùisean a chaidh a thogail le in-sgrùdad. Tha am foincsean in-sgrùdaidh air a choimseanadh bhon taobh a-muigh a tha a' toirt seachad fianais neo-eisimeileach a bharrachd mu na smachdan.

## Adhbhar Siostam an In-smachd

Tha an siostam in-smachd air a dhealbhadh gus riosgan a lasachadh nach tèid poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na Buidhne a choileanadh a lùghdachadh (seach a bhith a' cur às do gach cunnart). Mar sin, chan urrainn dha ach dearbhadh reusanta a thoirt seachad, seach làn ghealltanais gum bi làn èifeachdas ann.

Tha an dòigh-obrach airson in-smachd na pròiseas gniomhach a chaidh a dhealbhadh gus na priomh riosgan a thaobh coileanadh phoileasaidhean is amasan na Buidhne a chomharrachadh; gus nàdar agus farsaingeachd nan riosgan sin a mheas; agus gus an stiùireadh le èifeachdas, caomhantach agus comas.

Tha am pròiseas seo a' dol a rèir Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba agus tha am pròiseas air a bhith ga chur an sàs airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2021 agus suas chun a' chinn-latha a chaidh an Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan aontachadh.

# Aithris air Riaghlaigh

## Frèam Chunnartan is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha tighinn fo riatanasan Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd rianachd riosgan a chur an gniomh ann an co-rèir ris an stiùireadh iomchaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba. Chithearan SPFM na prionnsapalan coitcheann airson ro-innleachd shoibhreachail a chur an sàs gus rian a chumail air cunnartan. Tha gach raon de chunnart na Buidhne air a riaghlaigh tron Bhuidheann Sgrùdaidh Cunnairt agus an Àrd-sgioba Riaghlaidh a bhios ag aithris tron Chomataidh Sgrùdaidh, gu bùird HIAL, DAL agus AMSL (a' Bhuidheann).

Tha Bòrd na Buidhne, tron Mhanaidsear-stiùiridh, an urra ri riaghlaigh riosgan iomlan a' ghnìomhachais ach chaidh uallach airson raointean riaghlaidh riosg sònraichte a thiomnad do stiùirichean agus manaidsearan fa leth.

## Tha na cumhachan iomraidh airson na Buidhne Sgrùdaidh Cunnairt mar a leanas:

- A bhith a' comharrachadh riosgan a tha ùr no a' tighinn am bàrr (a' gabhail a-staigh chothroman) a tha mu choinneimh na Buidhne agus a h-obracichean
- Dèan cinnteach gu bheil cunnartan móra air an riaghlaigh gu h-èifeachdach tron ghnìomhachas air fad le bhith ag ath-sgrùdadach clàr riosgan na Buidhne agus ga úrachadh mar as iomchaidh, a' toirt aire do ire riosgan na Buidhne
- Cuir riosgan an àirde do Bhòrd HIAL agus do dh'aonad Sponsaireachd Riaghaltas na h-Alba mar as iomchaidh.
- Co-òrdanaich gniomhan tar-ghnìomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil smachdan èifeachdach, èifeachdail air an cruthachadh agus air an cumail suas
- Dèan lèirmheas air in-smachdan taobh a-staigh na Buidhne agus comharrach beàrn sam bith
- Dèan lèirmheas air gniomhan rianachd riosg agus sàbhailteachd taobh a-staigh na Buidhne agus comharrach beàrn sam bith
- Mol leasachaidhean air modhan agus pròiseasan gus an cleachdadh ghnìomhachais as fheàrr a shealltainn agus gus feumalachdan a' ghnìomhachais a choileanadh
- Cuir taic ri agus dèan lèirmheas air planaichean leantainneachd is ath-bheothachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an gniomhachas ath-leumach ann an suidheachadh sam bith i.e. tro phlanaichean leantainneachd ghnìomhachais, planaichean airson galair lèir-sgaoilte is msaa
- Comharrach treandan cumanta a tha ag èirigh bho sgrùdaidhean a-staigh/a-muigh, bho sgrùdadach thachartasan, leasanan a chaith ionnsachadh is msaa agus cuir air adhart molaidean airson gniomhan iomchaidh
- Brosnaich seilbh air uallach corporra a thaobh riaghlaigh riosgan
- Cuir air adhart iomairtean riaghlaidh riosgan taobh a-staigh a' ghnìomhachais
- Co-roinn fios mu riosg agus co-roinn deagh chleachdadach
- Cum sùil air agus dèan measadh air trèanadh mu riaghlaidh chunnartan
- Dèan gniomhan sònraichte mar a thèid iarraidh le Bùird na Buidhne.

## Siostaman rianachd sàbhailteachd

Tha an siostam na fhrèam-obrach làidir airson riaghlaigh sàbhailteachd taobh a-staigh a' ghnìomhachais. Thathar a' brosnachadh gach neach-obrach a bhith ag obair taobh a-staigh an fhrèam-obrach agus a bhith ag obair leis na diofar sgiobaidhean riaghlaidh gus piseach a thoirt air an fhrèam-obrach far a bheil sin riatanach.

Tha dleastanas oirnn uile a bhith ag obair ann an dòigh shàbhailte. Tha cleachdadhean riaghlaidh sàbhailteachd adhair deatamach anns an obair adhair uile againn leis an amas na h-irean sàbhailteachd as àirde a ruighean. Nì sinn cinnteach gun tèid na h-irean seo a chumail daonnan tro thrèanadh cunbalach le solarachean a-staigh agus a-muigh.

## Àrainneachd Smachd

Thathar a' meas luchd-obrach comasach sgileil mar phàirt riatanach den àrainneachd smachd. Tha trèanadh agus leasachadh luchd-obrach agus irean fastaidh làidir a' cumail taic ris na h-irean giùlain as àirde.



Inglis Lyon  
Manaidsear-stiùiridh  
6 Dàmhair 2021

# Aithisg air uallaichean nan stiùirichean

**Tha e an urra ris na Stiùirichean an Aithisg Ro-innleachdail, Aithisg nan Stiùirichean agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir nan laghan is riaghailtean buntainneach.**


A rèir lagh companaidh, feumaidh na stiùirichean aithris ionmhasail ullachadh airson gach bliadhna ionmhais.

Fon lagh sin tha na Stiùirichean air co-dhùnadh aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta (IFRSan) mar a chaidh gabhail riutha leis an Aonadh Èòrpach agus ann an reachdas a tha an gniomh. Fo lagh nan companaidhean, chan fhaod na Stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail aontachadh mur eil iad sàsaichte gu bheil iad a' toirt seachad sealladh fior is cothromach de shuidheachadh na Buidhne is na companaidh agus de phrothaid no call na Buidhne airson an àm sin.

Tha e an urra ris na Stiùirichean clàran cunntasachd iomchaidh a chumail a tha freagarrach gus gnothaichean na Buidhne agus na companaidh a shealltainn agus a mhineachadh agus a bhith a' foillseachadh suidheachadh ionmhasail na buidhne agus na companaidh a tha pongail gu leòr aig àm sam bith agus a bhith a' déanamh cinnteach gu bheil na h-aithrisean ionmhais a' gèilleadh ri Achd nan Companaidhean 2006. Tha iad cuideachd an urra ri bhith a' dion so-mhaoin na buidhne agus na companaidh agus mar sin tha iad an urra ri bhith a' gabhail cheumannan reusanta gus foill agus neo-chunbalachdan eile a bhacadh is a lorg.

## Agus iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail seo, feumaidh na Stiùirichean:

- poileasaidhean cunntasachd iomchaidh a thaghadh agus an uair sin an cur an sàs gu cunbalach
- breithneachaidhean agus tuairmsean a dhèanamh a tha reusanta agus ciallach
- comharrachadh an deach inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta iomchaidh a leantainn le ùmhachd do sheachranachd susbainteach sam bith a bhith air a foillseachadh agus air a mineachadh anns na h-aithrisean ionmhais
- na h-aithrisean ionmhais ullachadh air stèidh gun cùm a' bhuidheann a' dol ach a-mhàin mura h-eil e iomchaidh a bhith den bheachd gun cùm a' Bhuidheann a' dol mar ghniomhachas.



Port-adhair Bheinn na Faogha

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Beachd

Tha sinn air sgrùdadadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail aig Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta ("a' chompanaidh phàrantach") agus a fo-chompanaidhean ("a' bhuidheann") airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2021. Tha iad seo a' gabhail a-steach Aithris Teachd a-steach na Buidhne, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Duilleag Cothromachaидh na Buidhne is na Companaidh, Aithris na Buidhne air Sruthan Airgid, agus nòtaichean mu na h-aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-chunnantas de phoileasaidhean cunntasachd cudromach. Tha am frèam airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh an lagha agus inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta a rèir Achd nan Companaidhean 2006, agus a thaobh aithrisean ionmhais na companaidh pàrantaich, mar a chaidh a chur an sàs a rèir ullachaidhean Achd nan Companaidhean 2006.

### Nar beachd:

- tha na h-aithrisean ionmhasail a' tort seachad sealladh fior is cothromach de shuidheachadh na buidhne is na companaidh phàrantach air 31 Màrt 2021 agus de chall na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crich an uair sin
- chaidh aithrisean ionmhasail na buidhne ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta a rèir riatanasan Achd nan Companaidhean 2006
- chaidh aithrisean ionmhasail na companaidh pàrantaich ullachadh gu ceart a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta a rèir riatanasan Achd nan Companaidhean 2006 agus chaidh an cur an sàs a rèir ullachaidhean Achd nan Companaidhean 2006; agus
- tha na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh a rèir riatanasan Achd nan Companaidhean 2006

## Bun-stèidh ar Beachd

Tha sinn air an sgrùdadadh againn a dhèanamh a rèir laghan ionchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAAn (RA)). Tha tuilleadh mineachaidh air ar dleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg againn le fios air dleastanasan an Luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn no ris a' chompanaidh phàrant a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a ni sinn air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach Inbhe Bheusail an FRC, agus tha sinn air ar dleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Tha sinn den bheachd gun d' fhuaire sinn fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt dhan bheachd a ghabh sinn.

### Co-dhùnайдhean co-cheangailte far a bheilear a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol

Tha sinn air co-dhùnadadh gu bheil e ionchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, chan eil sinn air mi-chinnteach susbainteach a chomharrachadh a thaobh tachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn no aig a' chompanaidh phàrantaich gus cumail orra, airson co-dhiù dusan mios bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nan stiùiricéan a thaobh a' bhuidheann a bhith a' cumail a' dol air am mineachadh anns na h-earrannan ionchaidh den aithisg seo.

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Fiosrachadh eile

Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh anns an aithisg ionmhasail, a bharrachd air na h-aithrisean ionmhasail agus beachdan an luchd-sgrùdaidh orra. Tha na stiùirichean an urra ris an fhiosrachadh eile a tha anns an aithisg bhliadhnailean. Chan eil ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail a' coimhead air an fhiosrachadh eile agus chan eil sinn a' cur an cèill co-dhùnadh barrantachaideil sam bith air sin ach chun na h-ire 's gu bheil e ag ràdh an caochladh gu soilleir san aithisg againn. Tha e mar dbleastanas oirnn am fiosrachadh eile a leughadh, agus, ann a bhith a' déanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuaireann sinn bhon sgrùdadhar no a bheil coltas ann gu bheil mi-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir sinn an aire do leithid a nithean neo-chunbalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mi-aithris shusbainteach ann, bidh againn ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma ni sinn co-dhùnadh, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gu bheil mi-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithris a dhèanamh air sin.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh sin.

## Fiosrachadh air nithean eile mar a tha riatanach fo Achd nan Companaidhean 2006

Nar beachd-ne, stèidhichte air an obair a rinneadh san sgrùdaidh:

- tha am fiosrachadh anns an Aithris ionmhasail agus ann an Aithisg nan Stiùirichean airson na bliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail a rèir nan aithrisean ionmhasail; agus
- gun deach an aithisg ro-innleachdail agus aithisg nan stiùirichean ullachadh a rèir riatanasan laghail a tha an sàs.

## Cùisean air am feum sinn aithris a dhèanamh mura tachair iad

Leis an eòlas agus tuigse againn air a' bhuidhinn agus a' chompanaidh phàrantaich agus a h-àrainneachd a fhuaradh rè an sgrùdaidh, chan eil sinn air mi-aithrisean susbainteach a chomharrachadh anns an aithisg ro-innleachdail no aithisg nan stiùirichean.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh nan cùisean a leanas far a bheil Achd nan Companaidhean 2006 ag iarrайдh oirnn cunntas a thoirt dhuibh ma tha na leanas flor, nar beachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail leis a' chompanaidh phàrantaich, no nach d' fhuaras freagairtean iomchaidh airson an sgrùdaidh againn bho mheuran air nach do thadhail sinn; no
- far nach eil aithrisean ionmhais na companaidh a rèir nan clàraighean no aithrisean cunntasachd; no
- far nach deach tuarastal nan stiùirichean fhoillseachadh ann an suidheachaidhean far am feumadh seo a dhèanamh a rèir reachdais; no
- nach d' fhuair sinn am fiosrachadh is na mineachaidhean uile a dh'fheumas sinn airson an sgrùdaidh.

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Dleastanasan nan stiùirichean

Mar a chaidh a mhineachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan nan Stiùirichean air taobh-duilleig 30, tha e an urra ris na stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail ullachadh agus feumaidh iad a bhith riaraichte gun toir iad sealladh fior is cothromach, agus tha uallach orra cuideachd gus na modhan in-smachd a tha iad a' meas iomchaidh a chur an sàs, a ni cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail anns nach eil mi-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuir a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air na stiùirichean measadh a dhèanamh air comas na buidhne cumail a' dol, agus airson a bhith foillseachadh, mar a bhios e iomchaidh, cùisean co-cheangailte ri cleachdad na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura bheil na stiùirichean an dùil a' bhuidheann no a' chompanaidh phàrantach a sgaoileadh no a bhith a' sgur ag obrachadh, no mur eil roghainn eile aca ach gus sin a dhèanamh.

## Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhuinn a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta againn nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail bonntaichte, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus Aithisg Luchd-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir sinn seachad ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach ach chan eil sin na ghealltanais, ma tha mi-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadadh a théid a chumail a réir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mi-aithrisean éirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhi-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaonamach a ni luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail bonntaichte seo.

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhaidh sinn na dòighean-obrach againn a rèir nan dleastanasan a tha air am mineachadh gu h-àrd gus mi-aithrisean susbainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill. Tha an ire is gu bheil na dòighean-obrach againn comasach air neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill, a lorg air a mhineachadh air an ath dhuilleig.



# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

An ire is gun robhar den bheachd gun robh an sgrùdadh comasach air neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill, a lorg

Mar fhreagairt do na cunnartan gum biodh neo-riaghailteachdan agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean ann, a' gabhail a-steach foill, dhealbhaich sinn modhan a bha a' gabhail a-steach:

- rinn an com-pàirtiche conaltraidh cinnteach gun robh na sgilean agus na comasan iomchaidh aig an sgioba compàirteachaidh còmhla gus neo-ghèilleadh ri laghan iomchaidh a chomharrachadh no aithneachadh
- chomharrach sinn na laghan agus na riaghailtean a tha buntainneach dhan bhuidheann agus dhan companaidh phàrantaich tro chòmhraidhean le stiùirichean agus manaidsearan eile, agus bhon eòlas agus gnàth-eòlas coimeirsealta den roinn
- chuir sinn fòcas air laghan agus riaghailtean sònraichte a bha sinn a' smaoineachadh a dh'fhaodadh buaidh dhìreach a thoirt air aithrisean ionmhais no gniomhachd na buidhne agus na companaidh pàrantaich, a' gabhail a-steach Achd nan Companaidhean 2006, reachdas cise agus dion dàta, reachdas anti-bribearachd, cosnadh agus slàinte agus sàbhailteachd
- rinn sinn measadh air ire gèillidh ris na laghan agus na riaghailtean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd le bhith a' faighneachd dhan luchd-stiùiridh agus a' coimhead air co-sgiobhadh laghail
- chaidh na laghan agus riaghailtean comharrachte a chur an cèill taobh a-staigh na sgioba sgrùdaidh gu cunbalach agus bha an sgioba fhathast furachail a thaobh eisimpleirean de neo-ghèilleadh tron sgrùdadh air fad.

Rinn sinn measadh air cho buailteach 's a bha aithrisean ionmhais na buidhne agus na companaidh pàrantaich a thaobh mi-aithris, a' gabhail a-steach tuigse fhaighinn air mar a dh'fhaodadh foill tachairt, le bhith:

- a' faighneachd den luchd-stiùiridh far an robh iad den beachd gum biodh buailteachd ri foill ann, an eòlas air foill sam bith a bha air tachairt, a bha iad a' smaoineachadh a bha ann agus casaidean sam bith mu fhoill
- beachdachadh air na smachdan taobh a-staigh na buidhne gus cunnartan foill agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a lasachadh.

Ann a bhith a' cur aghaidh air cunnart foill tro stiùirichean a' seachnadh smachdan, rinn sinn:

- modhan sgrùdaidh gus dàimhean neo-àbhaisteach no ris nach robhar an dùil a chomharrachadh
- deuchainn air inntrigidhean sna leabhrachean ionmhais gus tar-ghniomhan neo-àbhaisteach aithneachadh;
- measadh air a bheil na breitheachaidhean a rinneadh ann a bhith a' déanamh thuairmsean cunnatasachd a' sealltainn gum faodadh claoindh a bhith ann
- measadh air an adhbhar airson tar-gniomh cudromach sam bith a bha mòr no neo-àbhaisteach

A' freagairt air a' chunnart bho neo-riaghailteachd agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean, dhealbh sinn dòighean-obrach a bha a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin:

- a' maidseadh fhoillseachaidhean ann an aithris ionmhais ri sgiobhainnean air an robh iad stèidhichte
- a' leughadh nan geàrr-chunntasan aig coinneamhan aig an fheadhainn a bha an urra ri riaghlaidh
- a' faighneachd de luchd-riaghlaidh a thaobh cùisean-lagha agus tagraighean a th' ann no a dh'fhaodadh a bhith ann
- a' déanamh ath-sgrùdadh air conaltradh leis an HMRC agus leis na comhairlichean laghail aig a' bhuidhinn agus aig a' companaidh phàrantaich.

Tha cuingealachaidhean gnèithich anns na dòighean-obrach sgrùdaidh a chaidh a mhineachadh gu h-àrd. Mar as fhaide air falbh 's a tha laghan agus riaghailtean bho thar-ghniomhan ionmhais, is ann as dualtaiche a tha e gum biodh sinn mothachail air neo-ghèilleadh. Bidh inbhean sgrùdaidh cuideachd a' cuingealachadh nam modhan sgrùdaidh a tha a dhith gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh ri sgrùdad a dhèanamh air stiùirichean agus luchd-stiùiridh eile agus a bhith a' sgrùdad litrichean riaghlaidh agus laghail, ma tha sin ann.

Faodaidh mi-aithrisean susbainteach a tha mar thoradh air foill a bhith nas duilge a lorg na an fheadhainn a tha ag éirigh bho mhearrachd oir faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach falach no co-rùn.

Gheibhean tuairisgeul a bharrachd air na dileastanasan againn airson aithrisean ionmhasail air làrach-lin Comhairle Aithriseadh ionmhasail. Tha an tuairisgeul seo na phàirt den aithisg-sgrùdaidh againn.

## A' déanamh feum den aithisg againn

